



H.M. 299.





Cogadh mòr na h-Eòrpa

DAORSA AGUS SAORSA

AIRD



Agus gabhaibh
clogad
na slàinte.

Iadsan a théid sios
do'n fhairge air longan ;
Chi iadsan gnìomharan
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Rìgh

Cò sgaras sinn o ghràdh Chrìosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Crìosd ar Tighearna.

Rom. viii. 15, 37-39.

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

Taisb. xxii. 4.

Cogadh mòr na h-Eòrpa

DAORSA AGUS SAORSA

AIRD



Printed by OLIVER AND BOYD, Edinburgh, *for*

The Church of Scotland,

The United Free Church of Scotland, and

The Free Church of Scotland

Translated from an unpublished MS. by the late Dr Aird of Creich, entitled An Analysis of the Westminster Assembly's Shorter Catechism, 1855-95, and printed by a Joint Committee of the Churches, for the use of Sailors and Soldiers in H.M.'s Forces.



INTRODUCTION

IT seems a long long time since the thunder of the guns broke the peace of the nations, and the struggle began which will decide the fate of the world. In the hour of battle it was never the way of the Highlander to keep to the back of the fray, and in our day the manhood of the Scottish Highlands has flocked to the colours. In every battle on sea and land our countrymen have borne a noble share. Where men fell thickest, there the tartan gleamed; where the enemy fled, there the piobrochd thrilled the blood. As the Highland Brigade breasted the slopes of the Alma, stern silence fell on the ranks until Sir Colin Campbell lifted his bonnet and they rushed on the foe with the slogan of victory; but all the glories of the days of old fade before the glory of our day. The mightiest military power in the world burst in mighty flood, wave after wave, seeking to over-

Introduction

whelm that line of soul and iron that barred its way to world dominion, but, before the heroism that never flinched, it broke and wavered and crumbled. In those great hours when the soul of the world was saved, we are proud that our race bore nobly its part. When at Waterloo, Napoleon saw his ranks yield before the onslaught of the Highlanders, he did not restrain his admiration for his enemies, but exclaimed, "Les braves Ecossais"—"Brave, brave Scotsmen." As we think of the men who have died that we may live, what can we say but just that: "Brave, brave Fellow-Countrymen." And we say it with love and tenderness and a great feeling of gratitude in our hearts.

Which to admire most, the men who went forth to face death, or the parents and wives who gave them at their country's call, I know not. There was a boy of eighteen years from the Isle of Skye who gained the D.S.O. at Loos, and who, a year later, was killed. Regarding him the father wrote to a friend:—"His mother and I both know that though our boy had been spared to the threescore years and ten, he could never have achieved anything greater or nobler than he

Introduction

achieved dying." And that was the spirit of all our Highland people. In no part of the British Empire has there been more losses of brave men than in the Highlands, but the sorrowing hearts are sustained by the overshadowing God. In these days men and women into whose hearts the iron has pierced are realising, as never before, "The Comforter which is the Holy Ghost."

It was to keep our men at the front in living touch with that life of the Spirit, which is the inheritance of their race, that a small Committee was formed in Edinburgh to supply them with Gaelic devotional literature. There was but little available of suitable form, so books were translated, or edited, representing what is best in the religious literature of the Gael. The burden of the work fell on the Rev. Donald Maclean, Free St Columba Church, Edinburgh, and the Rev. Malcolm MacLennan, D.D., St Columba U.F. Church, Edinburgh. To them the Highland sailors and soldiers owe the booklets which brought the message of the Everlasting Gospel in the language they love. They will not lose their reward.

Those who undertook the work of sending forth

Introduction

the booklets will be amply rewarded if through the printed word there may come to the sailors on the deep or the soldiers in the trenches the fuller sense that God is with them. This terrible scourge of War has not been sent without a purpose. It is in the night that the stars arise and shine, and it is in the day, dark with affliction, that the vision of God arises on the soul. We had given ourselves to pleasure and to Mammon and were forgetting God, but our laughter has been hushed and our Mammon seen to be dross when the great and terrible day of the Lord dawned. We have learned once more through blood and tears that nothing is of any value in the world except to love God and to serve Him. There has come a new sense of the value of the power of prayer. We have cried to God like our fathers of old and He has heard us. At Bannockburn six hundred years ago, the Scots "full devoutly knelt down to pray; and a short prayer they made to God to help them in that fight." They prayed and they conquered. Thus has it always been. If, at the front, the men have prayed, at home prayer has ascended without ceasing. At the hour of worship, in the stillness of the quiet glen, the prayer has risen to the Father that the sons far

Introduction

away might be shielded from the enemy of the body and the enemy of the soul. And because of these prayers in the Church and the home, the hearts of our soldiers have been garrisoned by the Spirit of God. They have not been forsaken nor have they been overwhelmed, and at last victory will be theirs.

When the battle for the soul of the world has been gained and the great army comes home again, it is our hope and our confidence that the men who have faced death for freedom and righteousness will, in the after days, prove themselves good soldiers of Jesus Christ. There will come, through this great visitation of God, many changes. Evils which have gnawed like a canker at the heart of the nation, we must destroy. The places which have been solitary and desolate must again be peopled. The altars of our God must again be reared in our homes. And it is the men who have looked death in the face, and have saved the Empire on the battle-field, who shall lead the nation hereafter into the promised land of love and righteousness. But there will be no promised land for any except for those who see the ancient guiding fires burn and shine, leading them on.

Introduction

Our prayer at home for the men at the front is just this, that their eyes may not grow dim to the vision of God, and that, in life and death, the Everlasting Arms may be around them, and that, at last, should God spare them to come home, they may set themselves to establish the Kingdom of God and build up Jerusalem in this our beloved land.

NORMAN MACLEAN.

EDINBURGH,

November 1916.

*A sheòldairean agus a shaighdeirean
Gàidhealach !*

ANN an ainm an Tighearna Iosa Criosd, Prionnsa na sìthe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searmonachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh'iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha airidh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd ; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmunn, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne :

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beò
Ar dòchas chur an Dia ;
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Crìosd.

David Paul, D.D., LL.D.

Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.

Abt. R. MacLwen, D.D.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.

V. Macdonald,

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.

Clar-innsidh

	PAGE
TRUAIGHE AN DUINE.	
Ciod an staid gus an d'thug an leagadh an cinne- daoine?	I
AM FEAR-SAORAIDH.	
Co is Fear-saoraidh do phobull taghta Dhé?	9
A' GHAIRM EIFEACHDACH.	
Ciod i a' ghairm Eifeachdach?	25
FÌREANACHADH.	
Ciod e fireanachadh?	52
CREIDEAMH.	
Ciod e creidimh ann an Iosa Crìosd?	78
DIOGHLUIM	104

TRUAIGHE AN DUINE

CEIST. *Ciod an staid gus an d'thug an leagadh an cinne-daoine?*

FREAGRADH. *Thug an leagadh an cinne-daoine gu staid peacaidh agus truaighe.*

Ceasnachadh.

C. Co bha air an toirt gu'n staid peacaidh agus truaighe so? *F.* An cinne-daoine.

C. Ciod thug iad dh' ionnsuidh na staid so? *F.* An leagadh.

C. Ciod iad roinnean staid an leagaidh so? *F.* 1, staid peacaidh; 2, staid truaighe.

C. Co tha 'san staid pheacaidh agus thruaighe so? *F.* An cinne-daoine.

C. Cionnus thàinig an cinne-daoine dh'ionnsuidh na staid so? *F.* Leis an leagadh.

C. Ciod tha air a chiallachadh le staid peacaidh? *F.* Cor anns am bheil daoine peacach 'nan nàdur, 'se sin, ann an gaol ris a' pheacadh, le aomachd

Truaighe an Duine

làidir peacadh a dheanamh 'nam beatha 's 'nan còmhradh.

C. Ciod tha air a chiallachadh le staid truaighe?

F. Staid mi-shuaimhneis agus fulangais an lorg peacaidh.

Roinnean.

1. Staid an duine air tùs.
2. A staid a nis.
3. Mar thàinig e dh' ionnsuidh na staid so.

1. Staid an duine air tùs.

C. C'ait an do shuidhich Dia an duine aig a chruthachadh? *F.* Air tùr àrd na naomhachd agus an t-suaimhneis.

C. Ciod tha air a chiallachadh le staid na naomhachd? *F.* Gu robh beatha Dhé 'na anam, iomhaigh Dhé air, agus glòir Dhé a chrìoch àraidh.

C. Ciod tha air a chiallachadh le staid suaimhneis? *F.* Gu robh fàbhar Dhé aige, co-chomunn dlùth aige ri Dia, tlachd aige ann an Dia, agus tlachd aig Dia ann-san.

C. An i so a staid a nis? *F.* Cha'n i; oir thuit e le 'aingidheachd, Hosea xiv. 1.

2. Staid an duine a nis.

C. Ciod i staid an duine a nis? *F.* Cha'n i

Truaighe an Duine

an staid anns an do shuidhich Dia e air tùs ; tha e air tuiteam uaithe, agus air teicheadh o Dhia.

C. C'àit a bheil e a nis? . *F.* Tha e air tuiteam dh' ionnsuidh doimhneachd peacaidh agus truaighe ris an abrar 'sa' Bhiobull, slochd uamhunn, clàbar lathaich, Salm xl. 2 ; slochd anns nach robh uisge sam bith, Sech. ix. 11.

C. C'arson a theirear staid peacaidh agus truaighe ri staid an leagaidh? *F.* Do bhrìgh gu robh peacadh agus truaighe ro phàilt aige, agus gu bheil e daingnichte annta. Air do shonsa fòs, le fuil do choimhcheangail chuir mi mach do phrìosanaich as an t-slochd anns nach robh uisge sam bith, Sech. ix. 11.

C. Ciod tha daingneachadh an duine ann an staid peacaidh agus truaighe? *F.* Tha bagraidhean cùmhnant briste nan gnìomh, Gal. iii. 10 ; agus nàdur a' pheacaidh, Ephes. ii. 1.

C. Cionnus tha bagraidhean cùmhnant briste nan gnìomh a' daingneachadh an duine ann an staid peacaidh agus truaighe? *F.* Tha iad a' socruchadh ceartais Dé an duine a chur fo'n bhàs thrì-fillte a tha an cùmhnant a' bagradh : an t-anam a chiontaicheas gheibh e sin bàs, Esec. xviii. 4.

Truaighe an Duine

C. Cionnus tha nàdur a' pheacaidh a' daingneachadh an duine anns an staid so? *F.* Far a bheil e riaghladh tha e a' deanamh an duine gu buileach eu-comasach air e fhéin a shaoradh, agus neo-thoileach gu'n saoradh neach eile e; is nàimhdeas an inntinn fheòlmhor an aghaidh Dhé, Rom. viii. 7; agus mar is fhaide dh' fhanas duine fo'n mhallachd, is ann is daingnichte tha rioghachd a' pheacaidh air a freumhachadh ann.

C. Ciod e doimhneachd an t-sluichd so a' pheacaidh agus na truaighe dh' ionnsuidh an do thuit an duine? *F.* Tha e cho domhain ris an astar a tha eadar naomhachd agus peacadh; suaimhneas agus truaighe.

C. C'arson tha staid peacaidh air a cur roimh staid truaighe? *F.* Do bhrìgh nach b'urrainn truaighe a bhi ann gun pheacadh a bhi ann, oir is peacadh aobhar cosnaidh gach uile thruaighe; oir is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs; Rom. vi. 23.

C. Ciod is miosa ar peacadh na ar truaighe? *F.* Ar peacadh, oir tha e a' bualadh Dhé dìreach, agus is e aobhar na truaighe; an àite sin, cha'n'eil truaighe a' bualadh nam peacach a mhàin.

C. Nach'eil peacadh 'na thruaighe do dhuine cheart cho maith ri bhi 'na chiont an aghaidh

Truaighe an Duine

Dhé? Tha; oir 'se bhi fo chumhachd riaghlaidh peacaidh agus ana-miann an truaighe as mò, Ephes. ii. 1, iv. 12.

C. Cionnus tha staid peacaidh agus truaighe dh' ionnsuidh an do thuit an duine air a cur an céill 'san sgrìobtur? F. (1) Mar staid dòrchadais, oir bha sibh uair-éigin 'nur dòrchadas, Ephes. v. 8. Cia uamhasach a bhi anns an dorcha thaobh Dhé, peacaidh, an anama, Chrìosd, tìm, sìorruidheachd, Shatain. (2) Mar staid fhad as; ach a nis ann an Iosa Crìosd, tha sibhse a bha roimh so fad o làimh, air bhur toirt am fagus tre fhuil Chrìosd, Ephes. ii. 13, cia eagalach! (3) Mar staid dìtidh agus feirge, ach an tì nach creid, tha e air a dhìteadh cheana, Eoin iii. 18; ach an tì nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhac, cha'n fhaic e beatha; ach a ta fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air, Eoin iii. 36. Cia eagalach a bhi fuidhe! (4) Mar staid daorsa agus braighdeanais, an toirear a' chreach o'n fhear làidir, no an leigear a' chobhartach dhligheach as? Isai. xlix. 24. (5) Mar staid bàis, araon laghail agus spioradail, agus sibhse bheothaich e, a bha marbh ann an euceartaibh agus ann am peacaibh, Ephes. ii. 1.

C. An cuidich duine leis féin, no an toir se e

Truaighe an Duine

féin as an staid so? *F.* Ni mò nì an naoidhean air ùr bhreth a chuireadh a mach air a' mhachair fhosgailte, an creutair as neo-chomaisiche de na h-uile chreutairean, e féin a chuideachadh, no'n an duine marbh e féin a thoirt beò.

C. A bheil iarrtus no toil aig an duine 'san staid so a bhi air a chuideachadh aisde, an uair tha cuideachadh air a thairgse dha? *F.* Cha'n 'eil, oir tha a nàdur an nàimhdeas an aghaidh Dhé, agus air an aobhar sin tha e diùltadh an aon chuideachadh a dh' ullaich Dia.

3. *Mar a bha an duine air a thoirt dh' ionnsuidh na staid so.*

C. Cionnus thàinig an duine dh' ionnsuidh staid peacaidh agus truaighe? *F.* Leis an leagadh, oir tre eas-umhlachd aoin duine rinneadh mòran 'nam peacaich, Rom. v. 19, tre chionta aoin duine rioghaich am bàs tre aon, Rom. v. 17.

C. Cionnus, an uair bha an duine anns an staid naomh agus shona so, thuit e uaithe dh' ionnsuidh na staid so do-labhairt eadar-dhealaichte? *F.* Dìreach le mì-ghnàthachaidh a thoile féin. Sgrios thu thu féin.

C. An robh e air a thilgeadh o'n àrd-inbhe so anns an do shuidhich Dia e? *F.* Cha robh, b'e a

Truaighe an Duine

thuiteam a ghnìomh féin ; ged thugadh a thaobh e le buaireadh, ghéill e dha le shaor thoil féin.

C. Ged thug an duine e féin gus an staid so, an saor se e féin aisde? *F.* Cha saor.

C. Co a mhàin a shaoras e? *F.* An Tighearn a mhàin. Tha slàinte bho'n Tighearna.

C. Ciod am meadhon a dh' ullaich e chum saorsa an duine as an staid so? *F.* Is e còrd tri-fillte gràidh Dhé, a tha air a leigeadh a nuas o nèimh ann an cur an céill tairgse an t-soisgeil do pheacaich a' bàsachadh ann an staid peacaidh agus truaighe, chum, le iadsan a bhi greimeachadh air, gu'm bi iad air an toirt as an t-slochd uamhunn so, agus an cosan air an cur air carraig, agus air an teàrnadh le teàrnadh sìorruidh.

Teagasg.

1. Gu bheil an saoghal gu léir ciontach fa chomhair Dhé, agus gu bheil na h-uile anns an aon suidheachadh.

2. Thoir fainear gràdh neo-chriochnach Dhé ann an cur a Mhic féin, an t-aon slànuighear a mhàin dhaibh-san a thuit agus a tha cailte á staid peacaidh agus truaighe, agus 'gan teàrnadh le teàrnadh sìorruidh.

Truaighe an Duine

3. Thoir fainear cunnart na h-uile a bhuainicheas ann an staid peacaidh agus truaighe an déidh gach gairm agus cuireadh a thréigsinn. Cionnus a théid sinne as ma ni sinn dìmeas air slàinte co mòr?

Earail.

Bi air do làn-dhearbhadh a nis greim a dheanamh air Crìosd, an t-aon shlànuighear.

AM FEAR-SAORAIDH

CEIST. *Co is Fear-saoraidh do phobull taghta Dhé?*

FREAGRADH. *'Se's aon Fhear-saoraidh do phobull taghta Dhé, an Tighearn Iosa Criosd, neach air bhi dha 'na Mhac sìorruidh do Dhia, a rinneadh 'na dhuine, agus mar sin bha agus mairidh e 'na Dhia agus 'na dhuine, ann an dà nàdur eadar-dhealaichte, ach 'na aon phearsa gu sìorruidh.*

Ceasnachadh.

C. *Cia lion Fear-saoraidh tha ann?* F. *A h-aon.*

C. *Co is Fear-saoraidh do phobull taghta Dhé?*

F. *An Tighearn Iosa Criosd.*

C. *Co dha is Fear-saoraidh an Tighearn Iosa Criosd?* F. *Do phobull taghta Dhé.*

C. *Ciod tha an Tighearn Iosa Criosd do phobull taghta Dhé?* F. *'Na Fhear-saoraidh.*

C. *Co e an Tighearn Iosa Criosd?* F. *Is e Mac sìorruidh Dhé.*

Am Fear-saoraidh

C. Ciod bha Dia do Chrìosd? *F.* Athair, Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Chrìosd.

C. Air bhi do Chrìosd 'na Mhac do Dhia, ciod a rinneadh e? *F.* Rinneadh e 'na dhuine.

C. Ciod bha Iosa Chrìosd mu'n d' rinneadh e 'na dhuine? *F.* Bha e 'na Mhac sìorruidh Dhé.

C. Ciod bha Mac Dhé 'nuair rinneadh 'na dhuine e? *F.* Bha e 'na Dhia agus 'na dhuine.

C. Ciod anns am mair Iosa Chrìosd? *F.* Mairidh e 'na Dhia agus 'na dhuine.

C. Ciod tha Chrìosd bharrachd air dha bhi 'na dhuine? *F.* Tha e 'na Dhia.

C. Ciod tha Chrìosd bharrachd air dha bhi 'na Dhia? *F.* Tha e 'na dhuine.

C. Cia lìon nàdur tha aig Chrìosd? *F.* Tha dà nàdur aige, nadur Dhé agus nàdur an duine.

C. Ciod tha air a ràdh mu dhà nàdur Iosa Chrìosd? *F.* Gu bheil iad eadar-dhealaichte.

C. Ciod tha eadar-dhealaichte. *F.* Nàdur na diadhachd agus nàdur na daonnachd aig Chrìosd.

C. Cia lìon pearsa tha aig Chrìosd? *F.* Cha'n'eil ach a h-aon.

C. Cia fhada mhaireas Chrìosd ann an dà

Am Fear-saoraidh

nàdur eadar-dhealaichte, ach 'na aon phearsa?

F. Mairidh gu sìorruidh.

C. Co aig tha dà nàdur ach aon phearsa?

F. Aig Iosa Crìosd.

Roinnean.

1. Pearsa. 2. Buadhan. 3. Oifigean.

1. *Pearsa Chrìosd.*

C. Cia lìon nàdur tha aig Crìosd? *F.* Dà nàdur; nàdur na Diadhachd agus nàdur na daonnachd. Dearbh gur Dia agus duine e— Eoin i. 1, 14; 1 Tim. iii. 16; Eabh. i. 8.

C. An robh pearsa eadar-dhealaichte aig nàdur na Diadhachd bho shìorruidheachd? *F.* Bha, mar chithear: (1) Ann am briathran sàcramaid a' Bhaistidh, Mata xxviii. 19. (2) Anns a' Bheannachd, 2 Cor. xiii. 14. (3) Tha buadhan phearsanta an Triùir 'san Diadhachd a' dearbhadh am Pearsachan. Ghin an t-Athair am Mac. Tha am Mac air ghintinn bho shìorruidheachd bho'n Athair. Tha an Spiorad a' teachd bho'n Athair agus bho'n Mhac. (4) Tha gnìomhan eadar-dhealaichte na Diadhachd' ann an obair na saorsa, mar an ceudna, a' dearbhadh pearsa dha gach aon. Dhealbhaich, no dh'òrduich, an t-

Am Fear-saoraidh

Athair i; choisinn am Mac a beannachdan; tha an Spiorad 'gan co-chur.

C. An uair a rinneadh Crìosd 'na dhuine an do ghabh e thuige féin pearsa eadar-dhealaichte mar dhuine? *F.* Cha do ghabh.

C. Ciod e an t-eadar-dhealachadh tha eadar nàdur daonna agus pearsa daonna? *F.* Tha bith nàduir a mhàin ann am pearsa, ach tha pearsa ann am bith ann féin a mhàin.

C. Cionnus tha nàdur an duine aig Crìosd gun phearsa an duine bhi aige? *F.* Tha, do bhrìgh nach robh bith riamh aig nàdur na daonnachd ann féin, ach bha e aig a dhealbh air a ghabhail ann am pearsa na diadhachd, anns a bheil a mhàin seasamh aig an nàdur so.

C. Nach eil nàdur daonnachd Chrìosd, as aonais a phearsa shònraichte, air a dheanamh na's neo-fhoirfe, na nàdur daonna ann an daoine eile? *F.* Cha'n'eil, ach an aghaidh sin, 'sann tha e air àrdachadh gu mòr, do bhrìgh gu bheil àite a' phearsa thalmhaidh air a ghabhail le pearsa nèimhidh—Isai. vii. 14, ix. 6; Eoin i. 14.

C. An aon phearsa cheudna tha Crìosd as a bha e bho shìorruidheachd? *F.* Seadh, ged tha

Am Fear-saoraidh

nàdur daonna cho aonaichte ris a phearsa sin, tha an dà nàdur ann an aon phearsa, agus is e phearsa so, pearsa ghlòirmhor Mhic Dhé.

C. A bheil an dà nàdur measgaichte ann an Crìosd? *F.* Cha'n'eil; tha iad eadar-dhealaichte.

C. Ciod tha air a' chiallachadh le iad a bhi eadar-dhealaichte? *F.* Gu bheil aig gach aon diùbh fhathast am prìomh bhuidhean.

C. An d' rinneadh nàdur diadhachd Chrìosd, air dha bhi aonaichte ri nàdur daonnachd, crìochnach, eisimeileach, no buailteach do fhulangas? *F.* Cha d' rinneadh.

C. An d' rinneadh nàdur daonnachd Chrìosd, air dha bhi air àrdachadh chum aonaidh ri dhiadhachd, neo-chrìochnach, uile-chumhachdach, uile-fhiosrach, uile-làthaireach? *F.* Cha d' rinneadh; oir na'm b' fhìor sin dh' fhaodadh creutair a bhi 'na Dhia.

C. C'arson theirear ri dha nàdur, dà nàdur eadar-dhealaichte? *F.* An aghaidh mearachd Eutaichis 'san choigeamh linn, a thuirt gu robh an dà nàdur measgaichte agus 'na aon nàdur.

C. C'arson theirear gu bheil aon phearsa aige? *F.* An aghaidh mearachd Nestoiruis 'san choigeamh

Am Fear-saoraidh

linn, a thuirte gu'm bu phearsa gach aon de'n dà nàdur, agus air an aobhar sin gu robh dà phearsa aige.

C. Ciod e an dearbhadh tha air gu'n robh an dà nàdur 'na aon phearsa? *F.* Ann an Isaiah ix. 6, tha e air a' chur sìos mu'n aon phearsa gur e duine-cloinne a rugadh dhuinne, am mac a thugadh dhuinne—an duine-cloinne a rugadh a thaobh a nàdur daonnachd agus am mac a thugadh a thaobh a nàdur diadhachd.

C. Am bi an t-aonadh eadar an dà nàdur air a bhriseadh gu bràth? *F.* Cha bhi.

C. Nach do sgar am bàs bho chéile iad? *F.* Cha do sgar; sgar am bàs car tamuill a chorp agus anam bho chéile, ach cha do dhealaich a dhà nàdur ri chéile 'sa' bhàs (is sambla air so duine is gréim aige air claidheamh 'na thruaill).

C. A bheil gach nàdur, gidheadh an t-aonadh so, fhathast an sealbh air a phrìomh bhuidheann féin? *F.* Tha, cha'n'eil nàdur diadhachd air a' dheanamh crìochnach, ni mò tha nàdur daonnachd air a' dheanamh neo-chrìochnach.

C. A bheil gnìomharan gach nàdur fa leth gu bhi air an cur á leth Pearsa Chrìosd? *F.* Tha, do

Am Fear-saoraidh

bhrìgh na do fhuing e, agus na do rinn e, agus na tha e a' deanamh mar eadar-mheadhonair gur gnìomharan iad a dh' fheumas a bhi air an gabhail mar ghnìomharan pearsanta; an ni a tha toirt dhaibh an luach agus an éifeachd, Gníomh. xx. 28.

C. Ciod e an t-eadar-dhealachadh tha eadar aonadh an dà nàdur ann am Pearsa Chrìosd agus aonadh nam pearsachan 'san Trianaid? *F.* Ann am pearsa Chrìosd tha aonadh dà nàdur ann an aon phearsa; anns an Trianaid tha aonadh trì pearsachan ann an aon nàdur agus is ionnan e.

C. C'arson a b' éiginn da a bhi 'na dhuine chum 's gu'm biodh e 'na shlànuighear? *F.* (1) Chum 's gu'm biodh e 'na fhear-saoraidh aig am biodh còir saorsa. (2) Chum gu'm biodh e comasach air fulangas a ghiùlan agus ùmhlachd a thoirt. (3) Chum gu'm fulaingeadh an nàdur a pheacaich, agus gu'm biodh urram air a chur air an lagh anns an nàdur anns an do bhriseadh e.

C. C'arson a b' éiginn da a bhi 'na Dhia chum 's gu'm biodh e 'na shlànuighear? *F.* (1) Chum 's gu'm biodh luach neo-chriochnach a' coinneachadh ri droch thoillteannas neo-chriochnach peacaidh, aig 'umhlachd agus 'fhulangas 'nar nàdur. (2) Chum 's gu'm biodh Sàtan air a chlaoidh.

Am Fear-saoraidh

C. C'arson a b'éiginn da a bhi 'na Dhia 'sna dhuine ann an aon phearsa chum 's gu'm biodh e 'na shlànuighear? (1) Chum gu'm faodadh Dia gabhail ri gnìomhairean sònraichte gach aoin nàduir, agus gu'm faodadh sinne earbs' asda mar ghnìomh-aran pearsa iomlan an Dia-duine. (2) Chum 's gu'm biodh e 'na eadar-mheadhonair foirfe eadar Dia agus duine; gu'm biodh e an dlùth dhaimh ri Dia agus 'na fhear-daimh dhuinne—Gnìomh. xx. 28; 1 Eoin i. 7. (3) Chum 's gu'm biodh leas an dà bhiudhinn air a chùram—Dia feargach agus duine ciontach—agus gu'n deanadh e na b'éiginn a bhi deanta mu's biodh an réite ann. (4) Chum 's gu'n coisneadh agus gu'm biodh e a' co-chur na saorsa. (5) Chum ge b'e air bith dreuchd 'sa bheil e dha shluagh—co-dhiùbh is sagart, faidh, no rìgh e—gu'm biodh e comasach air a' coimhlionadh.

C. An d' thàinig crìoch air e bhi 'na Dhia 'nuair a rinneadh e 'na dhuine? *F.* Cha d' thàinig; ach rinneadh 'na Immanuel e; Dia maille ruinn, 's cha'n ann 'nar n-aghaidh.

C. An d' thàinig an t-atharrachadh a bu lugha air mar Dhia 'nuair rinneadh e 'na dhuine? *F.* Cha d' thàinig, aon chuid an luach no am pearsa.

C. Ciod a ghluais e gu bhi 'na dhuine? *F.* A

Am Fear-saoraidh

ghràdh do pheacaich chailte, agus eud airson glòire Dhé 'nan teàrnadh, 1 Eoin iv. 10.

C. Am b' iongantas e gu'n d' rinneadh 'na dhuine e? *F.* B' eadh, gun amharus; b'e iongantas (1) gràidh, (2) gliocais, (3) cumhachd, agus (4) dilseachd a bu mhò a chunnaic, no chuala an saoghal riamh, 1 Tim. iii. 16.

C. Ciod i an dàimh shònraichte anns a bheil Criosd anns an Trianaid? *F.* A bhi 'na Mhac sìorruidh Dhé.

C. A bheil cuid sam bith eile aig Dia de'n goirear a mhic ach Criosd? *F.* Tha; is mic na fìor-chreidmhich uile.

C. Ciod anns a bheil am macachd eadar-dhealaichte bho mhacachd Chriosd? *F.* Is e Criosd Mac sìorruidh agus nàdurra Dhé, no mac a thaobh nàduir. Thig creidmhich a mhàin gu bhi 'nam mic do Dhia ann an tim, agus le gnìomh a shaoir-ghràis.

C. Cionnus tha creidmhich 'nam mic do Dhia? *F.* Tre an ath-ghineamhuinn agus uchd-mhacachd.

C. Cionnus tha Criosd 'na mhac do Dhia? *F.* Tre ghineamhuinn éiginneach, nàdurra, agus

Am Fear-saoraidh

siorruidh, agus do bhrìgh so abrar ris, aon ghin mic, Eoin i. 14, iii. 16.

C. Co-dhiùbh tha Crìosd 'na mhac Dhé a thaobh nàduir, no thaobh oifig? F. Is e mac siorruidh Dhé a thaobh nàduir; tha mhacachd cho co-ionnan éiginneach agus nàdurra ri athaireachd an Athar, "Mise agus an t-Athair is aon sinn," agus Mata xxviii. 19.

C. C'arson nach fhaod sinn a ràdh gur e Crìosd mac Dhé air bonn oifig eadar-mheadhonair-eachd, agus àrdachaidh? F. Do bhrìgh, a réir sin, gu'm biodh sinn a' crochadh macachd agus pearsa Chrìosd air toil an Athar mar tha oifig na h-eadar-mheadhonaireachd.

C. A bheil Crìosd a' cur eadar-dhealachadh eadar a mhacachd agus eadar-mheadhonaireachd? F. Tha; oir tha e ag ràdh, "tha mi uaithe-san" (.i. uaith an Athair le ginealachd siorruidh) agus "chuir e mi" (.i. a thaobh oifig), Eoin vii. 29.

2. *Ainmean agus buadhan Chrìosd.*

C. Ciod iad na h-ainmean leis a bheil Crìosd aithnichte ann an so? F. An Tighearn Iosa Crìosd.

C. C'arson a theirear an Tighearn ris? F. (1) Do bhrìgh mar Dhia gu bheil e àrd thar na

Am Fear-saoraidh

talmhainn uile. (2) Mar eadar-mheadhonair gu'n d' thugadh dha na h-uile cumhachd air nèimh agus air talamh, Mata xxviii. 18.

C. C'arson a theirear Iosa ris? *F.* A chionn gu'n saor e a shluagh uile o'm peacaidhean, Mata i. 21.

C. Ciod tha anns a' pheacadh agus co-cheangailte ris bho an saor e iad? *F.* Tha a chiont, a chumhachd, a thruaillidheachd agus a bhith.

C. Co leis tha e saoradh bho'n pheacadh? *F.* Le fhuil.

C. Co ann tha e saoradh bho'n pheacadh? *F.* Ann an aonadh ris féin; "anns a bheil againne saorsa tre fhuil-san."

C. C'arson theirear Criosd ris? *F.* A chionn gur e aon ungtà an Tighearna.

C. Co bha air an ungtadh fo lagh nan deasghnàthan? *F.* Bha (1) rìghrean mar Daibhidh, 1 Sam. xvi. 12. (2) Sagartan, Ecsod. xxix. 5-7. (3) Faidhean mar Elisa le Elias, 1 Rìgh. xix. 16.

C. Ciod bha air a shamhlachadh, air a chiallachadh leis, no air fhilleadh anns an ungtadh? *F.* (1) Bha a bhi comharrachadh gu oifig an neach a bha air ungtadh; bu chomharradh e gu'm b'e so

Am Fear-saoraidh

an neach a ghairm Dia chum na h-oibre. (2) Buileachadh air an neach a dh'ungadh comasan éiginneach dha dhreuchd.

C. Co dh'ung Crìosd? *F.* “Dh'ung an Tighearn mi,” Isaiah lxi. 1, eadhon Iehobhah an t-Athair. Bha e féin 'na Dhia 'sna dhuine. Mar Dhia cha ghabhadh nì sam bith a chur ris, ach mar dhuine dh'fheumadh feartan gun choimeas a bhi air am buileachadh air chum a dhreuchd.

C. Co leis a dh'ung an Tighearn e? *F.* Dh'ung leis an Spiorad Naomh, Isaiah lxi. 1.

C. Ciod iad gnìomharan an Spioraid Naoimh a thaobh nàduir daonnachd Chrìosd 'na ghintinn, 'na bheatha, 'sna aiseirigh? *F.* (1) 'Na ghintinn, a dhealbhadh mìorbhuileach am broinn na h-Oighe. (2) Aig momaint deilbh nàduir daonnachd Chrìosd bha e air a naomhachadh agus air a lionadh le gràs leis an Spiorad—agus gabhaidh spiorad an Tighearna tàmh air—spiorad a' ghliocais, Isaiah lxi. 1, ionnus gu'n robh e naomh o ghineadh e an nì naomh sin air a lionadh gu tur le foirfeachd gràis agus gliocais, Eoin iii. 34. (3) Tha an Spiorad a' deanamh na h-oibre feadh a bheatha, air dha a bunait a' leagail an uair a ghineadh e, oir thàinig Crìosd air aghaidh ann an gliocas agus am

Am Fear-saoraidh

meudachd; mar dh' fhàs a chorp is ionnan chaidh anam air aghaidh ann an gràs; mar a mheudaich buadhan anama an sin lion an Spiorad Naomh iad le gràs airson gnìomh-ùmhachd. (4) Is ann tre an Spiorad a rinn e a mhìorbhuilean, Mata xii. 26. (5) Is iad gràsan an Spioraid a dhealraich 'na ghnìomharan a rinn taitneach iad. (6) Is ann leis an Spiorad bha e air a' threòir-eachadh agus 's e bu taic dha 'na obair. (7) Is ann leis an Spiorad bha a chorp agus anam air an ath-aonadh aig an aiseirigh, oir bha e air a chur gu bàs anns an fheòil, ach air a bheothachadh tre an Spiorad, 1 Pead. iii. 18.

C. Cionnus bha an Spiorad air Criosd? *F.* (1) Bha ann a' seadh àraidh os ceann a chompanach, Salm xlv. 7. (2) Bha lànachd an Spioraid air 's cha b'è cuibhrionn. (3) Bha an Spiorad air a ghnàth; dh' analaich an Spiorad air na faidhean air uairean, agus air uairean cha d'analaidh e; ach air Criosd bha e ghnàth suidhichte agus a' gabhail còmhnuidh. (4) Bha Spiorad air Criosd, mar lànachd tobair, gu bhi a' sruthadh bhuaithe.

C. Ciod an tomhas anns an do dh'ungadh e?
F. Dh'ungadh e thar tomhais, Eoin iii. 34.

C. C'uin a dh'ungadh e? *F.* (1) Bho shìorr-

Am Fear-saoraidh

uidheachd bha e air a' runachadh ann an comhairle Dhé chum 'oibre. (2) 'Nuair a ghineadh agus a dhealbhadh e ann am broinn na h-Oighe bha bith agus cinnteachd gràis air an toirt dha. (3) Aig a' bhaisteadh, thuirling an Spiorad air 'na lànachd, gu sònraichte gu uidheamachadh chum cur an gnìomh oifigean teàrnaidh, agus bu shamhla air so an columan a laigh air.

C. Ciod bha aig a' bhi 'ga ungradh 'san amharc?
F. Bha (1) uidheamachadh airson' obair dh' ionnsuidh an do ghairmeadh e gu bhi a' cur an gnìomh oifigean mar eadar-mheadhonair. (2) Gu bhi a' tiodhlacadh a ghràis d'a shluagh.

C. Ciod e a rinn' obair luachmhor? *F.* Rinn inbhe a phearsa.

C. Ciod e a rinn an obair so prìseil agus taitneach? *F.* Na gràsan a dhealraich innte, an lorg ungaidh.

3. *Oifig Chrìosd.*

C. Ciod i an oifig anns an robh e, a réir na ceiste? *F.* Oifig fear-saoraidh.

C. An robh feum aig an duine air eadar-mheadhonair ann an staid a neochiontais? *F.* Cha robh, do bhrìgh gu'm faodadh e teachd dlùth do Dhia air bonn a neochiontais.

Am Fear-saoraidh

C. Ciod e a b' aobhar gu'm b'èiginn eadar-mheadhonair a bhi ann? *F.* B' aobhar e gu'n robh an duine ann an daorsa fo'n lagh mar chùmhnant, agus ann an daorsa aig peacadh agus Sàtan.

C. Cia lion fear-saoraidh tha aig daoine taghta Dhé? *F.* A h-aon a mhàin.

C. Dearbh nach 'eil ann ach a h-aon a mhàin.
F. "Oir is aon Dia a ta ann, agus aon eadar-mheadhonair," 1 Tim. ii. 5; "agus cha'n'eil slàinte ann an neach air bith eile," Gniomh. iv. 12.

C. Ciod i an dòigh, agus cionnus tha Criosd a' saoradh a shluagh taghta bho dhaorsa? *F.* (1) Tha e 'gan saoradh bho'n lagh, mar chùmhnant, le luach; cha do shaoradh sibh le airgiod agus òr, ach le fuil luachmhor Chriosd—1 Pead. 18, 19; Isaiah xlix. 25. (2) Tha e 'gan saoradh bho dhaorsa peacaidh agus Shàtain, le cumhachd. Bhrùth e ceann na nathrach; bheir e buaidh air an duine làidir fo armaibh.

C. Ciod iad na nithean a dh' uidheamaich e gu bhi 'na fhear-saoraidh? *F.* (1) E a bhi 'san fheòil. (2) E a bhi air unghadh. (3) A' h-uile cumhachd a bhi air a thoirt dha.

Am Fear-saoraidh

C. Am b'urrainn da a bhi 'na fhear-saoraidh mar Dia a mhàin? *F.* Cha b'urrainn; dh'fheumadh e a bhi 'na Dhia agus 'na dhuine ann an aon phearsa.

C. C'arson? *F.* Feumaidh e a bhi 'na dhuine chum gu'n toir e ùmhlachd agus gu fulang, agus 'na Dhia chum luach a chur r'a obair.

Na nithean a bu chòir dhuinn fhòghlum.

1. Mòrachd gràidh Dhé do pheacaich, a chionn nach deanadh an teàrnadh, ach Dia 'nar nàdur.

2. Luach an anama nach b'urrainn a bhi air a' theàrnadh le luach na bu lugha na fuil mhic shiorruidh Dhé.

3. Gu bheil aonadh nan creidmheach ri Crìosd maireannach, do bhrìgh gu bheil aonadh a dhà nàdur-san buan-mhaireannach, agus, air an aobhar sin is comhfhurtachd mhòr so.

4. Gu'n sgriosar gu sìorruidh na h-uile tha fad as bho Chrìosd, ma gheibh iad bàs gun chòir ann.

5. Gu bheil creideamh ann an Crìosd do-sheachainte feumail, oir, air dha a bhi nis air àrdachadh, is ann a mhàin le creideamh a chithear e.

A' GHAIRM ÉIFEACHDACH

CEIST. *Ciod i a' ghairm éifeachdach?*

FREAGRADH. *'Si a' ghairm éifeachdach, obair Spioraid Dé leis a bheil e dearbhadh oirne ar peacaidh agus ar truaighe; a' soillseachadh ar n-inntinn le eòlas air Crìosd; ag ath-nuadhachadh ar toile; agus an lorg sin 'gar deanamh deònach agus comasach air Iosa Crìosd a dhlùth-ghabhail thugainn, mar a ta e air a' thairgseadh dhuinn gu saor anns an t-soisgeul.*

Ceasnachadh.

C. *Có choisinn saorsa?* F. *Choisinn Crìosd.*

C. *Cionnus tha duine air a' dheanamh 'na fhear-compairt de'n t-saorsa so?* F. *Le i bhi air a' cur ris gu éifeachdach leis an Spiorad Naomh.*

C. *Cionnus tha'n Spiorad a' cur ruinne na saorsa?* F. *Le bhi ag aonadh a' pheacaich ri Crìosd.*

C. *C'arson tha'n Spiorad ag aonadh a' pheacaich*

A' Ghairm Éifeachdach

ri Criosd? *F.* Chum, ann an Criosd gu'm faigh e saorsa.

C. Ciod i an obair anns a bheil am peacach aonaichte ri Criosd? *F.* Ann an obar na gairm éifeachdaich—1 Cor. i. 9; 2 Tim. i. 9.

C. Ciod theirear ris a' ghairm éifeachdach? *F.* Obair.

C. Cò d'am buin an obair? *F.* D'an Spiorad Naomh.

C. Cia lion ceum tha 'sa' ghairm éifeachdaich? *F.* Tha cóig ceuman.

C. Ciod e a' cheud cheum? *F.* Dearbhadh oirne ar peacaidhean agus ar truaighe. (1) Cò dhearbhas oirne ar peacaidhean agus ar truaighe? An Spiorad Naomh. (2) Ciod tha air a' dhearbhadh air a' pheacach anns a' ghairm éifeachdaich? Araon peacadh agus truaighe. (3) Cò air tha so air a dhearbhadh? Air a chogais.

C. Ciod e an dara ceum 'sa' ghairm éifeachdaich? *F.* A' soillseachadh ar n-inntinn le eòlas air Criosd. (1) Cò leis tha 'n Spiorad a' soillseachadh ar n-inntinn? Le eòlas air Criosd. (2) Ciod tha air a' shoillseachadh 'sa' ghairm éifeachdaich? An inntinn.

A' Ghairm Éifeachdach

C. Ciod e an treas ceum 'sa' ghairm éifeachdaich?
F. Ath-nuadhachadh ar toile. (1) Cò dh' ath-nuadhaicheas an toil? An Spiorad Naomh. (2) Ciod tha air ath-nuadhachadh 'sa' ghairm éifeachdaich? An toil. (3) Ciod tha air a' dheanamh ris an toil 'sa' ghairm éifeachdaich? Tha i air a h-ath-nuadhachadh.

C. Ciod e an ceathramh ceum 'sa' ghairm éifeachdach? *F.* Ar deanamh deònach dlùth-ghabhail ri Criosd. (1) Cò tha sinn deònach a dhlùth-ghabhail thugainn 'sa' ghairm éifeachdach? Iosa Chrìosd. (2) Cò nì deònach sinn? An Spiorad Naomh.

C. Ciod e an coigeamh ceum 'sa' ghairm éifeachdach? *F.* Ar deanamh comasach air Criosd a dhlùth-ghabhail thugainn. (1) Ciod tha am peacach comasach air a' dheanamh 'sa' ghairm éifeachdaich? Air Criosd dhlùth-ghabhail thuige. (2) Co nì am peacach comasach? An Spiorad Naomh.

C. Ciod tha air a' chiallachadh le dearbhadh peacaidh oirne? *F.* Mothachduinn a thoirt dhuinn air, agus a dheanamh làn-dearbhta dhuinn, agus toirt gach uile amharus d'a thaobh as ar n-inntinn.

A' Ghairm Éifeachdach

C. Ciod tha air a' chiallachadh le soillseachadh?
F. A dheanamh aithnichte dhuinn, no g'ar teagasg.

C. Ciod tha air a chiallachadh le ath-nuadhachadh ar toile?
F. A dheanamh atharrachadh gràsmhor, cridhe nuadh, cruthachadh nuadh.

C. Ciod e ar deanamh deònach?
F. A dh' aomadh ar cridhe.

C. Ciod e ar deanamh comasach?
F. A thoirt neart agus cumhachd dhuinn.

C. Ciod e dlùth-ghabhail?
F. A ghabhail, ghreimeachadh, làn-earbsa ann.

C. Cò ann tha Criosd air a' thairgseadh?
F. Anns an t-soisgeul.

C. Ciod e an soisgeul?
F. Naidheachd mhòir-aòibhneis na slàinte air a deanamh aithnichte 'sa' Bhiobull.

C. Cò dha tha Criosd air a' thairgseadh 'san t-soisgeul.
F. Dhuinne; dha na h-uile.

C. Ciod e 'n seadh 's a bheil Criosd air a' thairgseadh dhuinn 'san t-soisgeul.
F. Tha e air a thairgseadh gu saor; gu h-iomlan.

Roinnean.

1. A' ghairm.
2. Rùn.
3. Obair éiginneach.
4. A toradh.
5. A feum.
6. A h-àm.

A' Ghairm Éifeachdach

I. *A' ghairm féin.*

C. Cia lion fillte tha a' ghairm? *F.* Tha i dà fhille, i. coitchionn agus àraidh.

C. Ciod i a' ghairm choitchionn? *F.* Is i cuireadh saor an t-soisgeil do na h-uile a chluinneas e gabhail ri Criosd agus slàinte trid-san—Isai. lv. 1; Taisb. xxii. 17.

C. Ciod e an meadhon leis a bheil a' ghairm choitchionn air a toirt? *F.* Leis an fhocal.

C. A bheil na h-uile tha 'ga cluinntinn a' toirt ùmhlachd dhi? *F.* Cha'n'eil; oir tha mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh, .i. a' rùnachadh dùnadh rithe, Mata xxii. 14.

C. Ciod i a' ghairm àraidh? *F.* Is i a' ghairm àraidh an Spiorad a bhi companachadh na gairme coitchionn le cumhachd agus le éifeachd air an anam: "Is e an Spiorad a bheothaicheas," Eoin vi. 63.

C. Ciod i dhiùbh so a tha éifeachdach chum peacaich a thoirt gu Criosd? *F.* Is i a' ghairm àraidh leis an Spiorad.

C. Co bhuaithe agus co thuige, no co as agus c'aite a bheil iad air an gairm? *F.* (1) A dorchadas chum soluis, 1 Phead. ii. 9. Tha iad

A' Ghairm Éifeachdach

a thaobh nàduir ann an dorchadas a thaobh Dhé, a mhòralachd, fhoirfeachd, rùintean, 'laghanan, shlighean agus a ghlòir; d'an taobh féin tha iad 'nan dorchadas mu luach an anama, mu olcas am peacaidhean, mu 'n truaighe féin, mu ghiorrad tìm agus mu neo-chriochnachd na sìorruidheachd; a thaobh Chrìosd tha iad 'nan dorchadas mu a phearsa, oifigean, a chliù, a shlàinte; agus a thaobh an Spioraid, a' Bhiobuill agus na sìorruidheachd. Ach leis a' ghairm éifeachdaich thàinig solus thuca air nan nithean sin. (2) Bho dhaorsa gu saorsa; ghairmeadh chum saorsa sibh, Gal. v. 13; thaobh nàduir tha iad 'nan traillean. (3) Bho co-chomunn ri peacadh, ris an t-saoghal, ri sluagh saoghalta gu co-chomunn ri Crìosd, 1 Cor. i. 9. Is e tha innte gairm gu tréigsinn prionnsapalan, toil-innteanan, diomhanasan, dòighean, agus muinntir shaoghalta mar a rinn Abraham, Gen. xxii., gu co-chomunn ris an Athair, ris a' Mhac agus ris an Spiorad. (4) Bho cheannairc gu sìth; bho cheannairc an aghaidh Dhé gu sìth ri Dia. (5) Bho pheacadh gu naomhachd agus fireantachd, 1 Thess. iv. 7. (6) Bho 'n t-saoghal a tha na laighe ann an olc gu Iosa. (7) Bho thruaighe gu sonas. (8) Bho bhàs gu beatha.

C. Ciod iad aobharan na gairme? F. (1) Is e

A' Ghairm Éifeachdach

an ceann-fàth ro shonruichte an Trionaid—
1 Thess. ii. 12; 2 Tim. i. 9. (2) An t-aobhar
gluasaid: cha'n e buadhan no claon-bhàighean
no deagh-ghniomharan no saor-thoil dhaoine ach
toil àrd-uachdaranais Dhé agus a rùn—Rom.
viii. 28; 2 Tim. i. 9. (3) An t-aobhar gnìomhach;
facal Dhé, Rom. x. 17. Tha Criosd 'na sheasamh
anns an fhocal agus a' bualadh aig cridhe pheac-
aich airson aoidheachd, Taisb. iii. (4) An t-
aobhar deireannach. (1) Is e an t-aobhar iochd-
arach tèarnadh a pheacaich. (2) Is e an t-aobhar
uachdarach glòir Dhé.

C. Co iad na cuspairean a tha air an gairm gu
éifeachdach? *F.* (1) Cha'n iad deamhain. (2)
Is iad daoine, Gnath-fh. viii. 4. Is iad cuid de
dhaoine; tha iad air an taghadh, air an saoradh;
cha tric is uasal iad.

C. Ciod iad a buadhan? *F.* (1) Tha i éifeachd-
ach, Ephes. i. 18-20. (2) Tha i naomh. Tha a
h-ùghdair, am meadhon, a nàdur agus a crìoch
naomh, 2 Tim. i. 19. (3) Tha i àrd. Is e a h-
ùghdair an Ti-àrd agus urramach. Ardaichidh i gu
staid inbheach, Phil. iii. 14. (4) Tha i nèimhidh;
tha iad a sireadh dùthaich nèimhidh, Eabh. iii. 1.

C. Co bhuidhe tha a h-éiginn ag éirigh? *F.*

A' Ghairm Éifeachdach

Tha iad fad as, thaobh staid agus nàduir, a tha air an gairm, agus air an aobhar sin tha iad air an gairm a theachd am fagaig. (2) Tha iad 'nan cadal agus air an gairm gu mosgladh. (3) Cha'n aithne dhaibh c'àite an d' théid iad 'nuair tha iad air an dùsgadh agus do bhrìgh sin tha iad air an gairm gu Crìosd. (4) Cha ghabh iad orra dol gu Dia gus am bith iad air an gairm thuige ann an Crìosd. Is iad so na nithean a tha deanamh na gairme éiginneach.

2. *Rùn na gairme.*

C. Cò d'an obair a' ghairm-éifeachdach? *F.* Cha'n obair duine i ach obair an Spioraid Naoimh.

C. Ciod e rùn an Spioraid 'san obair so? *F.* Is e rùn an Spioraid am peacach dheanamh deònach agus comasach air Crìosd dhlùth-ghabhail thuige—'se sin, am peacach aonadh ri Crìosd.

C. C'àite am faighear Crìosd chum 's' gu'm bi am peacach air aonadh ris? *F.* Anns an t-soisgeul, Rom. x. 6-9.

C. Ciod e an soisgeul? *F.* Deagh sgeula agus sgéula mhòr-aoibhneis ann an Crìosd do'n mhuinntir chailte, Luc. ii. 10, air an d'rinn na h-ainglean iomradh.

A' Ghairm Éifeachdach

C. Cionnus tha Criosd air a thairgse anns an t-soisgeul. *F.* Gu h-iomlan. (1) Na uile phearsa, oifigean, a dhaimhean, fhìreantachd agus abheannachdan. (2) Gu saor—gun airgiod no gun luach. Cha'n'eil ni air bith air iarraidh air a pheacach bhochd gu còir thoirt dha air an tairgse. (3) Gu dùrachdach. Tha gach pearsa dhe 'n Trionaid le argumaidean ro-chumhachdach a' guidhe, ag aslachadh agus ag òrduchadh dhuinn Criosd dhlùth-ghabhail thugainn—Isai. lv. 1-13; Taisb. xxii.

C. Cò d'a bheil e air a thairgse anns an t-soisgeul. *F.* Do pheacaich.

C. Ciod e an suidheachadh anns a bheil iad fa chomhair na gairme? Cha'n eil mar mhuinntir thaghte no mar mhuinntir shaorta ach mar pheacaich chailte.

C. Ciod an t-ùghdarras leis a bheil e air a thairgse anns an t-soisgeul? *F.* Cha'n ann le ùghdarras duine ach le ughdarras Dhé.

C. C'arson tha e air a thairgse anns an t-soisgeul? *F.* Cha'n'ann chum bhi air a dhiultadh ach gu bhi air a ghabhail.

C. Ciod e am barant a th'aig peacach anns an

A' Ghairm Éifeachdach

t-soisgeul gus a ghabhail agus dlùth-leantuinn ris?

F. (1) Tha gur tiodhlac an Athair e, Eoin iii. 16.

(2) Crìosd a bhi 'ga thabhairt féin dha, Isai. xlv. 22.

C. A bheil aomadh no cumhachd anns a' pheacach dhe fhéin gu Crìosd dhlùth-ghabhail thuige mar tha e air a thairgse anns an t-soisgeul.

F. Cha'n'eil, or tha e marbh gu spioradail agus ann an gràdh do'n pheacadh. Tha gràdh a pheacaidh ann gu ro-chumbhachdach.

C. An e 'eu-toil agus 'eu-comas air Crìosd a dhluth-ghabhail thuige a pheacadh? *F.* Is e; oir is e so an dìteadh gu'n d' thainig an solus do'n t-saoghal, Eoin iii. 19.

C. Am feum atharrachadh a thighinn air a' pheacach mus freagair e gairm an t-soisgeil no mus dlùth-ghabh e Crìosd thuige? *F.* Feumaidh.

C. Cò nì an t-atharrachadh? *F.* Cha'n e am peacach féin a nì e ach an Spiorad naomh. Cha'n ann le neart no le cumhachd.

3. *An obair a tha feumail chum an atharrachaidh dheanamh.*

C. Cionnus tha an Spiorad a deanamh a' pheacaich umhail do'n ghairm no 'ga dheanamh deònach agus comasach air Crìosd dhlùth-ghabhail

A' Ghairm Éifeachdach

thuige? *F.* (1) Le obair dearbhaidh. (2) Le obair soillseachaidh. (3) Le obair ath-nuadhachaidh.

C. Ciod iad de bhuidhean na h'inntinne air a bheil an Spiorad a' saothaireachadh ann an obair na gairm-éifeachdaich? *F.* Air a choguis. (2) Air an tuigse. (3) Air an toil.

C. Ciod i saothair an Spioraid air na buadhan so? *F.* (1) Obair dearbhaidh air a' choguis. (2) Obair soillseachaidh air an inntinn. (3) Obair ath-nuadhachaidh air an toil.

Ceangal.

C. Cò do'm buin obair dearbhaidh peacaidh agus truaighe? *F.* Do'n Spiorad Naomh, Eoin xvi. 8.

C. Ciod iad na peacaidhean leis an gnàth do dhearbhadh-peacaidh tòiseachadh? *F.* Le peacaidhean o'n leth muigh mar a bha thaobh bean Shamaria, Eoin iv. 29.

C. Ciod e am peacadh a tha an Spiorad a' dearbhadh? *F.* Am peacadh gin, am peacadh gnìomh, agus am peacadh eas-creidimh, Eoin xvi.

C. A bheil eadar-dhealachadh eadar dearbhsheillearachd mu pheacadh agus dearbhaidhean

A' Ghairm Éifeachdach

mu pheacadh? *F.* Thà; faodaidh dearbhaidhean a bhi aig neach mu iomadh peacadh agus e fhathast gun dearbh-shoillearachd mu pheacadh, oir tha am peacadh an aghaidh Dhé.

C. Ciod e tha anns a' pheacadh mu bheil an Spiorad a' toirt dearbh-shoillearachd? *F.* (1) Gu bheil peacadh ann. Na nithean so uile rinneadh leat, Ps. l. 21. (2) Mu olcas a pheacaidh; aithnich, uime sin, agus faic, gur olc an ni, Ier. ii. 19. (3) Mu amaideas a pheacaidh. Rinn thu gu h-amaideach an so, 2 Eachd. xvi. 9. (4) Mu ghràinealachd a'pheacaidh. Cionnus a dh' fhaodas tu' radh cha'n'eil mi salach, Ier. ii. 23. (5) Mu thoradh a pheacaidh. Chur bhur n' euceartan dealachadh eadar sibh féin agus bhur Dia, Isai. lix. 1. (6) Mu mhathair-aobhair a'pheacaidh. Bithidh fios aig gach neach air plàigh a chridhe féin, 1 Rìgh viii. 38. (7) Mu neart a pheacaidh 1 Rom. vii. 8-13. (8) Mu lionmhorachd a' pheacaidh. Co thuigeas uile sheachran féin, Ps. xix. 12. (9) Mu antromachd a' pheacaidh agus mothachadh air féin mar chean-feadhna nam peacach. (10) Mu chiont a' pheacaidh a tha ceangal a' pheacaich ris a' mhallachd.

C. A bheil an Sgrìobtuir a' toirt dearbh-shoilear-

A' Ghairm Éifeachdach

achadh mu thruaighe cho maith ri peacadh? *F.* Tha; tha thu truagh, Taisb. iii. 17.

C. Ciod i an truaighe mu bheil e toirt dearbh-shoillearachadh dha? *F.* Mu'n truaighe Spioradail anns a bheil e, agus mu'n truaighe shiorruidh do bheil e buailteach, gu'n do chaill e co-chomunn ri Dia; gu bheil e fo fhearg agus fo mhallachd Dhé anns a 'bheatha so, aig a' bhàs agus tre'n t-siorruidheachd, Eph. ii. 12.

C. Ciod e de thruaighe mu bheil e 'ga dearbh-shoillearachadh? *F.* (1) Mu a cinnteachd; (2) Mu a faguisgeachd; (3) Mu h-uamhas—Gnìomh. xvi. 16.

C. Ciod iad na meadhonan leis a bheil e toirt dearbh-shoillearachd mu pheacadh? *F.* Leis an lagh, Rom. iii. 20.

C. Ciod i a' chuibhrionn de'n lagh? *F.* Òrdugh an lagha.

C. Cionnus tha e toirt dearbh-shoillearachd leis an lagh? *F.* Le bhi a 'fosgladh tuigse a 'pheacaich gu mothachadh air Spioradalachd an lagha agus a bhi 'ga chur ri a chaitheamh-beatha agus ri a chomhradh; ri a nàduir no chridhe, mar an t-sreing-riaghailt ri balla a nochdas a mhi-chumadh.

A' Ghairm Éifeachdach

C. Ciod i a' chuibhrionn de'n lagh leis a bheil e toirt dearbh-shoillearachd dha mu pheacadh a nàduir? *F.* Le bhi 'cur an deicheadh àithne dhachaidh air; oir cha bhitheadh eòlas agam air peacadh mur abradh an lagh na sanntaich.

C. Ciod iad na meadhonan leis a bheil e 'toirt dearbh-shoillearachadh mu thruaighe? *F.* Le peanas an lagha; Is malluichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a ta sgrìobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh, Gal. iii. 10.

C. Ciod iad toraidhean nan dearbh-shoilearachdan so? *F.* (1) Agartas coguis: Bha iad air am bioradh 'nan cridhe. (2) Uamhas, Gniomh. xvi. 19. (3) Cùram, Gniomh. ii. 37. (4) An-earbsa ann féin. (5) Nàire.

C. A bheil an aon tomhas de dhearbh-shoilearachd air a thoirt do'n a h-uile? *F.* Cha'n'eil. Tha cuid a' faotainn tomhas mòr agus cuid na's lugha mar Pòl agus Lydia—Gniomh. ix. 6, xvi. 14.

C. Ciod e an tomhas de dhearbh-shoilearachd leis an lagh a tha feumail? *F.* (1) A leithid de thomhas 'sa dhearbhas orra gu bheil iad thaobh nàduir 'nam peacaich araon 'nan cridhe agus 'nan giulain. (2) Na dhearbhas orra gu bheil iad

A' Ghairm Éifeachdach

cailte agus gu'n deach as dhaibh fo mhallachd an lagha. (3) Gu bheil so-leigheas thar an comais air dhaibh a' bhi màrbh gu laghail agus gu Spioradail, Rom. vii. 9.

C. An ann gu còir thoirt do'n pheacach air Criosd tha dearbh-shoillearachd féumail, no chum uidheamachadh gu creidsinn ann an Criosd, no chum a chur ann an staid 'sam bidh e taitneach do Chriosd? *F.* Cha'n ann.

C. Ciod e an t-aobhar gu bheil dearbh-shoillearachd do-sheachainte féumail? *F.* Chum 's gu'n tuig am peacach a staid chailte agus, uime sin, fheum air Criosd oir a dh' easbhuidh so gu bràth cha chuir e luach air Criosd agus dh' easbhuidh luach a chur air Criosd gu bràth cha dhùin e ris. Cha'n ann aig a' mhuinntir a ta slàn a ta feum air an léigh ach aig a' mhuinntir a ta euslàn, Mat. ix. 12.

C. Am faod dearbhaidhean làidir bhi aig duine agus gidheadh, e bhith cailte? *F.* Faodaidh: Bha leithid so de dhearbhadhean aig Càin agus aig Iudas gidheadh bha iad, fadheòidh, cailte.

C. Cionnus a dh' fhaodas dearbhaidhean a bhi gu minic, air am mùchadh? *F.* (1) Le bhi beachdachadh air olcas ar gnìomharan agus gun a bhi a'

A' Ghairm Éifeachdach

beachdachadh air olcas ar staid. (2) Le bhi cur 'nan aghaidh agus le bhi strì 'nan aghaidh. (3) Le bhi 'gan cur bhuatha no 'gam bàthadh ann an cuideachd dhiomhain, Deut. xxix. 19. (4) Le bhi mealadh na coguis le dleasanasan, Gniomh. iv. 25.

C. An dean dearbh-shoillearachd dhe féin am peacach thoirt gu Criosd a dhlùth-ghabhail thuige? *F.* Cha dean.

Soillseachadh.

C. Ciod e thuilleadh air dearbh-shoillearachd tha féumail gu toirt air a pheacach Criosd a dlùth-ghabhail thuige? *F.* Tha soillseachadh inntinn ann an eòlas air Criosd: Oir is e Dia a thubhairt ris an t-solus soillseachadh á dorchadas, 2 Cor. iv. 6.

C. Ciod e an cuispeir a tha an Spiorad a' soillseachadh? *F.* Inntinn no tuigse a pheacaich oir is iad sin sùil an anama, Eph. i. 18.

C. Ciod i crìoch an t-soillseachaidh so? *F.* Eolas air Iosa Criosd, Phil. iii. 8.

C. Ciod e a tha deanamh an t-soillseachaidh so do-sheachainte féumail? *F.* Thà tiugh-dhorchadas agus aineolas na h-inntinne air nithean Dhé, 1 Cor. ii. 14. Tha féum aice air bhi air a thoirt gu

A' Ghairm Éifeachdach

faicinn nithean an Spioraid gu Spioradail, oir cha thuig an duine nàdurra nithean Spioradail.

C. Co d'am buin e bhi soillseachadh na h-inntinne ann an eòlas air Criosd? *F.* Buinidh do'n Spiorad Naomh, Eph. i. 17.

C. Ciod e ann an Criosd air a bheil an Spiorad a' soillseachadh inntinn a' pheacaich? *F.* (1) Air a phearsa mar an Dia-daoine agus mar fhear-daimh. (2) Air oifigean mar tha iad freagrach r'a choguis, r'a thuigse agus r'a thoil. (3) Air fhìreantachd neo-chrìochnach foirfe, do-labhairt airidh, lagh-àrdachaidh Dhé; gloirmhor agus gu h-iomlan fregarrach ri staid chailte a' pheacaich. (4) Air a lànachd gràis luachmhor, iomachaidh, agus air a thoirt fagus oirnn ann an Criosd 'san t-soisgeul. (5) Air a ghràdh 'na àrd-uachdaranas, 'na shaorsa, 'na mhòrachd, 'na shiorruidheachd 'na neo-chrìochnachd agus 'na shaoibhreas. (6) A fhreag-airreachd mar tha e ann féin thaobh Dhé agus thaobh an duine. (7) Air a chumhachd agus a thlachd gu teàrnadh.

C. Ciod i gnè an eòlais-tearaidh so air Criosd? *F.* (1) Tha i 'g irioslachadh a' pheacaich; tha i nochdadh a thruaillidheachd dha. (2) Tha i naomhachadh. (3) Tha i a' toirt fàs.

A' Ghairm Éifeachdach

C. Ciod e am meadhon leis a bheil an Spiorad a' soillseachadh na h-inntinne ann an eòlas air Criosd? *F.* An soisgeul—Rom. i. 16, x. 17; Gniomh. x. 17.

C. Ciod e toradh an t-soillseachaidh so? *F.* Is e dòchas, Ionah ii. 4. Gidheadh seallaidh mi a ris ri do theampull naomh.

C. An leòir an soillseachadh so dhi féin air a' pheacach dheanamh deònach air Criosd a dlùth-ghabhail thuige? *F.* Cha leòir.

Athnuadhachadh.

C. Ciod e thuilleadh air dearbhadh agus soillseachadh a tha féumail chum toirt air a pheacach Criosd dlùth-ghabhail? *F.* Ath-nuadhachadh na toile.

C. Ciod i de bhuidhean an anama a tha air a h-athnuadhachadh? *F.* Thà an toil. Bithidh do shluagh ro-thoileach ann an la do chumhachd, Ps. cx. 3.

C. Ciod e a tha 'g éigneachadh so? *F.* Tha an toil a bhi gu nàdurra fo chumhachd peacaidh agus Shàtain; ceannairceach an aghaidh Dhé agus an aghaidh Chrìosd mar fhaidh, shagairt, agus

A' Ghairm Éifeachdach

Rìgh ag radh cha'n aill leinn eòlas do shlighean ;
cò an tighearna gu'n éisdinn-sa r'a ghuth ?

C. Ciod i an toil ath-nuadhaichte? *F.* Is i (1)
an ni aig a bheil fuath iomlan do'n olc agus aomadh
ris a ni sin a tha maith no (2) an cridhe nuadh—
an cruthachadh nuadh.

C. Co do'm buin a bhi 'g ath-nuadhachadh na
toile? *F.* Do'n Spiorad.

C. A bheil an Spiorad a' cleachdadh ainnéirt
no co-eigneachaidh air an toil 'ga h-athnuadh-
achadh? *F.* Cha'n'eil: ni e ro-thoileach ann
an là dhe 'chumhachd a' leagheadh, a' tarruing,
a' tàladh.

C. A bheil e ann an comas an duine a thoil
atharrachadh no ath-nuadhachadh? *F.* Cha'n'eil ;
oir am faod an t-Etiopach a chraicinn a mhuthadh
no an liopard a bhreice, Ier. xiii. 23.

C. Ciod e am meadhon leis a bheil an Spiorad
'g ath-nuadhachadh na toile? *F.* Le bhi a' doir-
teadh gràdh Dhé 'na chridhe, Rom. v. 5, agus,
uime sin, le focal na Firinne, a' bhi foillseachadh
dha gràdh Dhé ann an Criosd.

C. C'arson tha Dia 'g iarraidh oirnn deanamh
dhuinn féin cridhe nuadh agus Spiorad nuadh,

A' Ghairm Éifeachdach

Ezek. xviii. 31. *F.* (1) Gu nochdadh dhuinn ar dleasan. (2) Gu dearbhadh oirnn ar n'eucomais. (3) Gu ar toirt gu iarraidh air Crìosd an cridhe nuadh a gheall e, Esec. xxxvi. 26.

C. Ciod e am feum tha air ath-nuadhachadh na toile chum 's gu'n dlùth-ghabh i ri Crìosd? *F.* Thà, gu mair an fhuath nàdurra a tha ann an toil an duine do Chrìosd 'na uile oifigean gus an tachair so.

C. C'àite a bheil a' cheannairc a tha ann an toil a' pheacaich an aghaidh Chrìosd agus oifigean a tighinn am fradharc? *F.* (1) Ann am féin-bheachd uamhrach a' pheacaich air a ghliocas féin agus ann e bhi deanamh tàire air meadhonan nan gràs. (2) Ann an earbsa a' pheacaich 'na fhìreantachd féin agus ann a bhi diùltadh umhlachd do chòir Chrìosd. (3) Ann am fuath a' pheacaich do naomhachd agus a ghràdh do pheacadh. Mar so tha iad 'ga dhiùltadh mar fhaidh, mar shagairt agus mar rìgh agus air an aobhar so féumaidh iad a bhi air an ath-nuadhachadh ann an cridhe agus 'nan toil.

Buaidh na h-obrach so.

C. Ciod e an toradh a tha obair na gairm-éifeachdaich a' giùlan? *F.* Tha, an toiseach, dùnadh

A' Ghairm Éifeachdach

ri gairm an t-soisgeil .i. dlùth-ghabhail ri Criosd tre chreidimh agus, mar sin, air do'n pheacach a bhi freagairt na gairme, tha ghairm éifeachdach. Tha am peacach a' tighinn mach as an fhéin, as fhéin-fhireantachd, as fhéin-gliocas agus as fhéinneirt gu Criosd agus a' dluth-ghabhail ris chum 's gu'm faigh e gliocas, fireantachd agus neart. Is iad na nithean sin rùn na gairme.

C. Ciod e am barantas a tha aige gu Criosd dhlùth-ghabhail thuige? *F.* Thà Criosd a bhi air a thairgse gu saor 'san t-soisgeul: Ribhse o fhear-aibh tha mi 'g éigheach, Gnath-fh. viii. 4.

C. Cionnus a tha am peacach air a thoirt gu géileadh? *F.* Tha e air a dheanamh deònach agus comasach gu so a dheanamh.

C. A bheil feum aige bhi air a dheanamh comasach cho maith ri deònach gu so a dheanamh? *F.* Thà; oir gu nàdurra tha e neo-chomasach agus neo-thoileach. Tha 'eucomas ag éirigh bho chumhachd a' bhàis spioradail fo a bheil e thaobh nàduir agus féumaidh an cumhachd so a bhi air a thoirt air falbh ma's bith e comasach cho maith ri deònach.

C. Co uaithe a tha araon an *cumhachd* agus an *toil* gu gabhail ri Criosd a' teachd. *F.* Tha a

A' Ghairm Éifeachdach

mhàin bho'n Tighearna, oir is e Dia a dh' oibricheas annaibh araon an toil agus an gnìomh a reir a dheagh-ghean féin, Phil. ii. 13. Is ann bho'n Tighearna tha araon an cumhachd agus an toil a teachd gu deanamh a cheud oidhirp ann an dlùth-ghabhail ri Crìosd ionnas mar is ann uaith- asan a tha gach oidhirp ann an aghartas beatha na diadhachd.

C. Ciod e cor a' pheacaich a tha air a dhùsgadh agus air a shoillseachadh ma's 'eil e air a dheanamh deònach agus comasach gu Crìosd dhlùth-ghabhail thuige? R. Tha e coltach ris an nì a tha ann an greim a ghlamaire nuair tha car air a chuir anns a' bhidhis¹ agus am feadh 'sa tha e 'san suitheachadh so cha'n urrain dha faighinn as a' ghreim a tha air. Is amhuil sin tha am peacach mar air a ghlacadh ann an greim teann a ghlamaire. Air an dara taobh tha ùghdaras àithne Dhé ag àithneadh dhà Crìosd a dhlùth-ghabhail thuige; air an taobh eile tha faireachdainn air eu-comas agus air eu-toil féin ionnas gu bheil e faireachdainn ùghdarras na h-àithne ag radh "Feumaidh tu dùineadh ri Crìosd" ach tha e faireachdainn cheart cho làidir eu-comas agus eu-toil féin ag radh

¹ Screw.

A' Ghairm Éifeachdach

“Cha'n urrain dhomh dùnadh ris.” Nis tha a bhi smuaineachadh gur i sgrios shiorruidh crìoch eagalach luchd-diultaidh Chrìosd 'ga theannachadh mar ann an glamaire le bidhis ionnas nach 'eil cor idir ann cho anabarrach pianntail ri chor san. Cha lasaichear greim a ghlamaire so gu bràth, oir a chaidh cha'n atharraich Dia am focal a chaidh as a bheul gur e tuarasdal a' pheacaidh am bàs agus cionnus, uime sin, a chuirear saor e. 'Se an aon dòigh air an tachair so gu'n rachadh dara taobh a ghlamaire a lasachadh, agus tha an ni so a' gabhail àite nuair a tha an Spiorad Naomh a' sgaoileadh gràdh Dhé 'na chridhe, Rom. v. 5. Fo bhuidh a' ghràidh so tha e air a dheanamh toileach agus tha eu-comas féin air a thoirt as an rathad oir bhuaidh an gràdh so air a' bhàs spioradail. An sin theid e as bho ghreim a ghlamaire anns an robh e air a theann-ghlacadh agus gabhaidh e Chrìosd thuige mar shlànuighear iomlan; an sin dùinidh e ri gairm an t-soisgeil oir tha anam a' toirt umhlachd agus freagradh dhi.

5. *Eiginn na gairme éifeachdaich.*

C. Am feum neach a bhi air a ghairm gu éifeachdach chum a bhi air a theàrnadh? *F.* Feumaidh.

A' Ghairm Éifeachdach

C. Ciod e a tha ag éigneachadh so? F. Chi sinn an t-aobhar le bhi beachdachadh air cor agus suidheachadh a' pheacaich thaobh nàduir. (1) Tha e fad as bho Dhia, bho Chriosd agus bho neamh agus air an aobhar sin feumaidh e bhi air a ghairm gu teachd am fagus, oir cha'n fhoghainn chum na crìche so ach a ghairm éifeachdach a mhàin. (2) Tha e 'na throm chodal agus cha'n fhoghainn gu dhùsgadh ach a ghairm éifeachdach a mhàin: Mosgail thusa a tha a' d' chodal, Eph. v. 14. (3) Tha e dall agus aineolach gun fhios cia 'n taobh a thionndaidheas e agus mar sin tha feum aige air a ghairm éifeachdaich gu 'sheòladh dh' ionnsuidh an rothaid. (4) Tha a cheannairc agus a dhiultadh imeachd air an rathad ag éigneachadh gairm éifeachdach gus a dheanamh deònach agus comasach gu gabhail na slighe. (5) Tha e fo eagal agus cha dùraig e oidhirp a dheanamh air an t-slighe ghabhail chionn 's gu bheil a chionnt a' geur-amharc air eadar a dha shùil agus tha e gun Dia gun dochas. Is e so an t-aobhar gur éiginn dhà bhi air a ghairm gu éifeachdach chum 's gu'm faic e gu bheil barantas aige teachd gu Dia. (6) Tha e marbh agus, uime sin, cha'n'eil e 'na chomas teachd dh' easbhuidh e bhi air ath-bheothachadh.

A' Ghairm Éifeachdach

Air an aobhar sin is éiginn dha bhi air a ghairm gu éifeachdach chum 's gu'm bi beatha air a com-pairteachadh ri anam mairbh-san agus is e an guth a tha anns a' ghairm éifeachdaich a bheothaicheas na mairbh.

Faodaidh a thighinn gu Criosd a bhi 'na ni farasda ann am beachd an fhir a tha ann an suain-chodail a' pheacaidh amhuil 's mar tha e farasda do'n fhear a tha 'san trom-laidhe imeachd gu neo-sgàthach ach chi e, 'na dhùisg, iomadh cunnart a chuireas eagal air aon cheum a ghabhail air an t-slighe. Mar an ceudna is amhuil a tha iomadh teagamh agus eagal aig an anam a tha air a dhùsgadh agus is mor 'fheum air a' ghairm éifeachdaich araon gu nochdadh dha an t-slighe thearuinnte agus gu beatha chompairteachadh ri anam chum's gu'n toir e umhlachd do'n ghairm

6. *Àm na gairme.*

C. Ciod e an t-àm as freagarraiche d'an atharrachadh sin do'm buaidh bhi toirt umhlachd do ghairm an t-soisgeil? *F.* Is e àm na h-òige.

C. C'arson is e so an t-àm as freagarraiche? *F.* Do bhrìgh (1) aig an àm sin gu bheil cùraman na's teirce agus na's aotroma. (2) Gu bheil na

A' Ghairm Éifeachdach

h-aighnidhean na's blàtha 'san àm so. (3) Gu bheil misneach shonruichte air a ghealltuin dhaibh 'san àm so. (4) Gu bheil e na's fharasda a choguis a dhùsgadh.

C. A bheil misneach air a toirt dhaibh bhi buanachadh ann an diultadh iarraidh Chrìosd gu làithean na seann aòis? *F.* Cha'n'eil, ach calg-dhìreach an aghaidh so mar tha e sgrìobhta "gairmidh iad ormsa ach cha fhreagair mi," Gnath. i. 28.

Co-dhuineadh.

C. Cionnus a bhios fios aig neach air gu bheil e air a ghairm gu h-éifeachdach? *F.* (1) Bithidh ma tha fuath iomlan aige do'n pheacadh. (2) Ma tha e 'ga mheas agus 'ga fhaireachdainn féin truailidh fa chomhair Dhé. (3) Ma tha gràdh aige do iomhaigh Dhé agus do gach neach air a bheil i. (4) Ma tha e fàs cosmhuil ri Crìosd, 1 Eoin iii 2-3.

C. Ciod e dleasan na muinntir sin air an d' ràinig an t-atharrachadh so? *F.* Thà buidheachas thoirt do Dhia air a shon agus gluasad ann an naomhachd.

C. Ciod e cor na muinntir a tha 'nan coigrich air so? *F.* Tha iad truagh gun Dia agus gun dòchas anns an t-saoghal.

A' Ghairm Éifeachdach

C. Ciod e dleasan na h-uile air nach d'ràinig an t-atharrachadh so? F. Thà (1) a bhi feitheamh gu dichionnach air an Tighearna ann am meadhonan nan gràs ionnas gu'n coinnich an Tighearna riù. chum an atharrachaidh so a dheanamh agus (2) iad a bhi a' glaothaich gun sgar gu'n saothair-icheadh an Spiorad gu slàinteil orra.

FÌREANACHADH

CEIST. *Ciod e fireanachadh?*

FREAGRADH. *Is e fireanachadh gnìomh saor ghràis Dhé, anns a bheil e 'maitheadh dhuinn ar n-uile pheacaidhean, agus a' gabhail ruinn mar fhìreanaibh 'na fhianuis; agus sin a mhàin air sgàth fìreantachd Chrìosd air a meas dhuinn, agus air a gabhail thugainn le creidimh a mhàin.*

Ceasnachadh.

C. Ciod is e fireanachadh, gnìomh no obair?

F. Is gnìomh e.

C. Ciod e gnìomh? F. Aon obair iomlan.

C. Cò d'an gnìomh e? F. Is gnìomh Dhé e.

C. Ciod e seòrsa gnìomh e? F. Is gnìomh saor ghràis Dhé e.

C. Co lìon earrann tha ann am fìreanachadh?

F. Tha dà earrainn.

C. Ciod e a' cheud earrainn de fhìreanachadh?

F. Maitheanas peacaidh.

Fìreanachadh

C. Co dha tha am peacaidhean air am maitheadh le Dia anns an fhìreanachadh? *F.* Tha dhaibhsan a tha air an gairm gu h-éifeachdach agus a tha air an aonadh ri Crìosd.

C. Cia uiread de pheacaidhean tha air am maitheadh anns an fhìreanachadh? *F.* Tha am peacaidhean gu léir.

C. Ciod e an dara earrainn de fhìreanachadh? *F.* Thà Dia a' gabhail ruinn mar fhìreanaibh 'na fhianuis.

C. Cò tha gabhail ruinn? *F.* Thà Dia.

C. Cionnus tha a' mhuinntir a tha 'nam peacaich air an gabhail mar fhìreanaibh anns an fhìreanachadh? *F.* A mhàin air sgàth fireantachd Chrìosd air a meas dhuinn.

C. Ciod i an fhìreantachd a tha air a meas dhuinn 'san fhìreanachadh? *F.* Tha fìreantachd Chrìosd.

C. Ciod i mhàin an aon dòigh anns an gabh sinn an fhìreantachd so thugainn? *F.* Le creidimh.

C. Cò am fianuis a bheil sinn air ar gabhail mar fhìreanaibh? *F.* Am fianuis Dhé.

C. Ciod e toradh fireantachd Chrìosd a bhi air

Fìreanachadh

a meas dhuinn? *F.* Tha sinn air ar gabhail mar fhìreanaibh am fianuis Dhé.

C. Ciod tha air a chiallachadh le gràs? *F.* Tha fàbhar agus tròcair Dhé do dhaoinibh.

C. Ciod tha air a chiallachadh le meas? *F.* Tha a' nì a tha air a chur ri ar cunntas agus bho bheil sinn a' faotainn buanachd mar gu'm b'e ar cuid fhéin.

Roinnean.

1. A nì an aghaidh a bheil fireanachadh. 2. 'Éiginn. 3. Cor an duine roimh fhìreanachadh. 4. Ciod tha air a chiallachadh leis. 5. Aobharan. 6. An dòigh. 7. Mar a nithear Pòl agus Seumus réidh r'a' chéile.

1. *A nì an aghaidh a bheil fìreanachadh.*

C. Ciod e an aghaidh a bheil am fireanachadh?
F. Tha, an aghaidh dìtidh. Is e Dia a dh' fhireanaicheas. Cò a dhiteas? Rom. viii. 33, 34. Is gràinealachd e do Dhia an t-aingidh fhìreanachadh, agus am firean a dhiteadh.

C. C'arson a theirear gnìomh ri fireanachadh?

F. A chionn gu bheil e foirfe agus iomlan air ball.

2. *An éiginn.*

C. Ciod e a tha a' deanamh fireanachadh éig-

Fireanachadh

inneach? *F.* Tha gu bheil an duine fo chiont agus ciontach.

C. An robh feum aig Adhamh ann an staid a neochiontais air fireanachadh? *F.* Cha robh do bhrìgh gu'n robh e neochiontach.

C. A bheil feum aig ainglean nèimh a bhi air am fireanachadh? *F.* Cha'n'eil a chionn nach do pheacaich iad riamh agus nach robh iad riamh fo chiont.

C. Cò, uime sin, aig a bheil feum a bhi air am fireanachadh? *F.* Tha peacaich, do bhrìgh gu bheil iad fo chionta agus, air an aobhar sin, 'nan ciontaich.

3. *Cor an duine roimh fhìreanachadh.*

C. Ciod e cor an duine roimh fhìreanachadh? *F.* Bha e dh' easbhuidh a' cheud fhìreantachd, agus uime sin, gun chòir air fàbhar Dhé. Tha geataichean nèimh dùinte 'na aghaidh. Tha e fo chiont agus, uime sin, tha geataichean ifrinn fosgailte gu ghabhail a steach.

C. A bheil na h-uile anns an aon suidheachadh a thaobh am feum air fireanachadh? *F.* Thà, na h-uile, sean is òg, cubhaidh agus mi-chubhaidh, oir pheacaich na h-uile, agus tha na h-uile fo chiont agus ciontach, agus, air an aobhar sin,

Fìreanachadh

tha feum aca a bhi air am fireanachadh—tha na h-uile ann an staid agus inbhe co-ionnan.

4. *Ciod tha air a chiallachadh le fireanachadh?*

C. Ciod tha air a chiallachadh le fireanachadh? A bheil e a' ciallachadh duine a dheanamh 'na fhìrean le bhi dòrtadh fireantachd ann? *F.* Cha'n 'eil, oir a bhi dìteadh cha'n e sin a bhi deanamh duine ciontach le bhi dòrtadh ciont ann, ach an déidh dha bhi air a dhearbhadh ciontach, am breitheamh a bhi cur an céill a chiont, .i. buailteach do pheanas.

C. An e atharrachadh nàduir a tha 'san fhìreanachadh? *F.* Cha 'n e ach atharrachadh staid.

C. Co ann tha fireanachadh a' co-sheasamh?
F. (1) Ann am maitheanas peacaidh, Rom. iv. 5-7. (2) Ann an gabhail—Ephes. i. 6; Hosea xiv. 2; Gniomh. xxvi. 18.

C. Ciod i an cheud chuibhrionn de'n fhìreanachadh? *F.* Maitheanas pheacaidhean gu léir, Rom. iv. 5-7.

C. Cia lìon nì tha 'sa' pheacadh? *F.* Thà, a chiont, a chumhachd, a thruaillidheachd agus a bhith.

C. Ciod tha Dia a' deanamh an uair tha e a'

Fìreanachadh

maitheadh peacaidh? *F.* (1) A bheil e toirt bith am pheacaidh air falbh? Cha'n'eil. (2) A bheil e ag atharrachadh a nàduir ionnus nach peacadh e na's mò? Cha'n'eil. (3) A bheil a mhì-airidheachd air atharrachadh ionnus nach'eil e na's mò a' toilltinn corruich Dhé? Cha'n'eil.

C. Ciod, uime sin, tha deanta ann am maitheanas? *F.* Tha ciont peacaidh air a thoirt air falbh de an anam.

C. Ciod tha air a chiallachadh le ciont? *F.* Tha buailteachd do pheanas; is i an t-slabhraidh a tha ceangal pearsa am pheacaich agus mallachd Dhé r'a' chéile; no toillteannas peacaidh.

C. Ciod is e ceart-thoillteannas peacaidh? *F.* Corruich shiorruidh; oir is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs.

C. C'arson tha peanas a' pheacaidh cho uamhasach? *F.* Do bhrìgh uile neo-chriochnach peacaidh a tha an aghaidh bith agus glòir Dé— “Thubhairt an t-amadan 'na chridhe, cha'n'eil Dia ann,” Salm xiv. 1. “Nach 'eil t' aingidheachd mòr! agus t' eucearta gun chrìoch,” Iob xxii. 5; Air bhi do pheacadh a bhi 'na olc gun chrìoch, tha e airidh air peanas gun chrìoch.

Fìreanachadh

C. Ciod tha a' gabhail àite a thaobh pearsa am pheacaich ann am maitheanas? *F.* Tha sgaradh air a chur eadar a phearsa agus a mhallachd ionnus nach 'eil dìteadh sam bith ann dha, Rom. viii. 1.

C. Ciod iad na peacaidhean a tha air a maith-eadh anns an fhìreanachadh? *F.* Tha a pheacaidhean gu léir; Salm ciii. 3.

C. Cionnus tha peacaidhean a bha agus a tha, air a maitheadh? *F.* Tha le òrdugh maitheanais, Salm xxxii. 5.

C. Cionnus tha na peacaidhean a bhios, air a maitheadh? *F.* Ann nach bi iad air am meas, Salm xxxii. 5.

C. A bheil peacaidhean a nithear an déidh maitheanais a' ceangal suas an anama chum peanais shìorruidh? *F.* Cha'n'eil, Rom. viii. 1.

C. Ciod a chum a bheil iad 'ga cheangal suas? *F.* Chum smachdachaidh an Athar, Salm lxxxix. 89.

C. A bheil feum aig creidmhich air maitheanas peacaidh gach là dhe'm beatha? *F.* Tha gach là feum aca air matheanas Athar, ach air maitheanas a réir ceartais, agus laghail cha'n'eil feum aca.

Fireanachadh

C. An dean peacadh 'na dhéidh, maitheanas a bha roimhe, a tharruing air ais? *F.* Cha dean.

C. Ciod anns a bheil maitheanas Athar eadar-dhealaichte bho maitheanas laghail? *F.* (1) Is e tha ann am maitheanas a réir ceartais, no laghail, gnìomh Dhé mar bhreitheamh, ach is e tha ann am maitheanas Athar gnìomh Dhé mar Athair. (2) Tha maitheanas laghail a' maitheadh peacaidhean a rinneadh an aghaidh cùmhnant nan gnìomh, ach tha maitheanas Athar a' maitheadh peacaidhean a rinneadh an aghaidh an lagha mar riaghailt beatha. (3) Tha maitheanas laghail a' saoradh bho bhualteachd do chorruidh shìorruidh, ach tha maitheanas Athar a' saoradh bho smachdachadh. (4) Tha maitheanas a réir ceartais, no laghail, a' deanamh atharrachadh 'nar staid, ach cha'n'eil maitheanas Athar a' deanamh sin. (5) Bho maitheanas laghail tha aithreachas a chum beatha a' sruthadh, agus tha maitheanas Athar a' leantuinn an lorg an aithreachais sin.

C. Ciod e gnè maitheanais Dé anns an fhìreanachadh? *F.* Tha e: (1) gun aobhar air taobh am pheacaich, agus air taobh Dhé a' sruthadh bho dheagh thoil. (2) Iomlan; cha'n'eil e an

Fìreanachadh

cuid ach gu h-iomlan. (3) Siorruidh, gun a bhi gu bràth air a dhubhadh a mach.

C. Ciod e an t-iomradh a tha 'sa' Bhiobull air maitheanas peacaidh? *F.* (1) Gur e dubhadh a mach a tha ann mar air droch fhiachan, Isai. xliii. 25. (2) Gu bheil peacadh mar ghràinealachd air a chur as an t-sealladh le fireantachd Chrìosd, Salm xxxii. 1. (3) Nì, nach 'eil air a chur as a leth, Salm xxxii. 2. (4) Gu bheil peacadh air a thilgeadh ann an doimhneachdaibh na fairge, Micah vii. 19.

C. Ciod i an dara cuibhrionn de an fhìreanachadh? *F.* A bhi a' gabhail ruinn mar fhìreanaibh 'na fhianuis—Ephes. i. 6; Hosea xiv. 2; Gniomh xxvi. 18.

C. Ciod anns a bheil maitheanas agus gabhail ruinn eadar-dhealaichte? *F.* (1) Le maitheanas tha am peacach air a shaoradh bho chiont agus air aideachadh mar neochiontach gu laghail, agus air a shaoradh bho bhinn a' bhàis shiorruidh. (2) Le gabhail ruinn tha am peacach air aideachadh mar fhìrean gu laghail, aig a bheil còir air beatha mhaireannach, 2 Cor. v. 21; Ephes. i. 6. (1) Le maitheanas tha geatachan ifrinn air an dùnadh an aghaidh a' pheacaich a fhuair maitheanas. (2)

Fireanachadh

Le gabhail ruinn tha geatachan nèimh air am fosgladh gu gabhail an fhìrean an steach.

C. Co'm fianuis a bheil an neach a tha air fhìreanachadh air a ghabhail mar fhìrean? *F.* Am fianuis Dhé mar bhreithimh, 2 Cor. v. 21.

C. Cionnus tha an Tighearna ag amharc air neach a bhi air fhìreanachadh gu h-ìomlan gu laghail agus e fhathast an-diadhaidh? *F.* Tha e ag amharc air mar fhìrean an sealladh an lagha a mhàin mar aon ann an Crìosd, Isai. xlv. 24.

C. C'arson tha gabhail ris a' pheacach mar fhìrean ceangailte ri maitheanas ann am fireanachadh? *F.* Do bhrìgh ged dh'fhaodadh prìosanaich bhi air am maitheadh am measg dhaoine, agus, gun a bhi aon chuid air an aideachadh neo-chiontach no air an gabhail ann am fàbhor gidheadh cha'n ionnan so do Dhia, oir iadsan do bheil Dia'toirt maitheanas tha e meas am pearsachan mar fhìreanaibh 'na fhianuis agus 'gan gabhail 'na fhàbhor. Am measg dhaoine ged gheibheadh prìosanaich maitheanas tha iad air am fògradh thar a chuan mhòr fharsuing agus a chaoidh cha thaisbeanar iad an lathair an rìgh.

C. Ciod tha air a ghabhail le Dia anns an

Fìreanachadh

fhireanachadh? *F.* Tha am pearsa, an t-anam agus an corp.

C. Ciod ris a bheil e gabhail an toiseach—an e am pearsa no na deagh oibre? *F.* Tha ris a' phearsa. Bha meas aig Dia air Abel roimh a thabhairtas, Gen. iv. 4.

C. Ciod air a bheil gabhail Dhé ris na deagh oibre 'na dhearbhadh? *F.* Thà gu bheil Dia a' gabhail ris an neach a tha 'gan deanamh.

5. *Aobharan.*

C. Ciod iad aobharan an fhìreanachaidh agus cia lion iad? *F.* Is iad an t-aobhar éifeachdach, gluaisid, airidheil, meadhonail agus am prìomh-aobhar.

(1) *Cò e ùghdar no ciod e aobhar éifeachdach an fhìreanachaidh?* *F.* Tha (1) Dia ann am pearsa an athar mar bhreithimh no mar ùghdar réir ceartais, Rom. iii. 26. Dia ann am pearsa a' Mhic cleachdadh an ùghdarais so ann a bhi toirt mach na binne ann an ainm an athar—Gnìomh v. 31; Mark ii. 5; Isaiah liii. 2. 'Se Dia ann am pearsa an spioraid a' co-chur na binne is ùghdar, no aobhar éifeachdach, an fhìreanachaidh. Tha (2) Dia a' fireanachadh thaobh riaghailt tearnaidh: (a) Tha an t-athair a' fireanachadh ann bhi ag

Fìreanachadh

ullachadh 'na rùn an fhìreantachd a dh' fhireanaicheas agus ann a bhi cur a mhic g'a oibreachadh a mach; (b) tha am mac a' fireanachadh air dha bhi comhlionadh na h-obrach; (c) tha an spiorad a' fireanachadh ann bhith gabhail de'n fhìreantachd so; a bhi deanamh fianuis m'a tiomchioll agus 'ga co-chur ris an anam.

(2) *Ciod e aobhar gluaisid an fhìreanachaidh?*

F. (1) Cha'n'e nì air bith tha làthair no ri teachd, anns a' pheacach féin tha 'ga thoilltinn; (2) thaobh a' pheacaich cha'n'eil nì ann tha ag aobharachadh so. (2) Thaobh Dhé tha e sruthadh a mhàin bho shaor-shaoibhreis agus àrd-uachdranais a ghràis, Rom. v. 1; tha e 'g éirigh ann an cuan gràidh, no gràis Dhé.

(3) *Ciod e an t-aobhar airidheil?*

F. An e nì air bith a bha anns a' pheacach ma's do dh'fhìreanaicheadh e, no nì air bith a dh'fhairich e an deidh dha bhi air fhìreanachadh no nì sam bith a rinn e an deidh dha bhi air fhìreanachadh? Cha'ne. Cha'n ann bho nì maith air bith a bh'ann ma's do dh'fhìreanaicheadh e chionn 's nach robh nì ann ach peacadh agus cionnus thig nì glan a' nì neo-ghlan? Cha'n ann air sgàth suairce bh'ann féin an deidh dha bhi air fhìreanachadh, oir

Fìreanachadh

gus an do dh' fhìreanaicheadh e bha e fo'n mhallachd agus cha deanadh e ach toraidhean na mallachd a ghiùlan. Cha'n ann air sgath deagh ghnìomharan a rinneadh leis an deidh dha bhi air fhìreanachadh chionn 's nach 'eil iad foirfe; uime sin cha bhi feòil air bith air a fireanachadh tre'n lagh—Rom iii. 20; Titus iii. 5.

C. An ann air sgàth a chreidimh 'athreachais 'irioslachd no doimhneachd 'fhairichidhean fo obair lagha? *F.* Cha'n ann. Cha'n 'eil e air fhìreanachadh air bonn obair an Spioraid 'na anam, no air bonn a bhròin 'na amhghar.

C. Ciod e réisd an t-aon bhonn a mhàin no an t-aon aobhar airidheil air a bheil e air fhìreanachadh? *F.* Is e a mhàin fireantachd Chrìosd—Rom. v. 19; 2 Pead. i. 1.

C. Ciod tha air a chiallachadh 'le fireantachd Chrìosd? *F.* Tha 'umhlachd agus 'fhulangas fo'n lagh no 'umhlachd ghnìomhach agus 'umhlachd fhulangach.

C. Ciod e 'umhlachd fhulangach agus ghnìomhach? *F.* Tha dìreach 'umhlachd do àithne an lagha agus fhulangas fo pheanas an lagha.

C. C'arson theirear umhlachd r'a fhulangas?

Fireanachadh

F. Chionn gu'n d' fhuiling e gu toileach air sgàth ùghdarrais agus glòire Dhé.

C. Co ris tha fulangas Chrìosd gu 'bhi air a thomhais? *F.* Ri lagh naomha Dhé; tha do lagh 'na mo chridhe.

C. Co air tha lagh naomha nam modhanan suidhichte? *F.* Air nàduir naomha Dhé.

C. Ciod e an t-eadar-dhealachadh tha eadar lagh nam modhanan agus lagh nan deas-ghnàthan? *F.* Tha lagh nan deas-ghnathan suidhichte air toil ard-uachdranais Dhé agus faodaidh an lagh so a bhi air atharrachadh an deidh dha bhi air a thoirt gun nàdur Dhé bhi air atharrachadh, ach tha lagh nam modhanan suidhichte air nàdur Dhé agus, uime sin, cha bhi e gu bràth air atharrachadh.

C. Ciod tha deanamh suas an t-aobhar airidheil? *F.* Thà àithne agus peanas, agus tha fireantachd Chrìosd a' comhlionadh an dà ni so; agus is e cumaidheachd Chrìosd ris an lagh.

C. Ciod an seadh anns an robh Crìosd foidhe? *F.* Bha e foidhe mar chùmhnant.

C. Ciod tha e ag agart mar chùmhnant? *F.* Thà foirfeachd, agus cha riaraich na's lugha na so e.

C. Ciod a b' éiginn dha dheanamh mu's d' thainig

Fìreanachadh

e foidhe? *F.* B' éiginn dha bhi air a dheanamh 'na dhuine. Dh' fheumadh e bhi 'na Dhia agus 'na dhuine ma's biodh an fhìreantachd so air a h-oibreachadha mach: 'na dhuine gu umhlachadh, gu fulang agus gu bàsachadh ach 'na Dhia chum airidheachd neo-chriochnach thoirt dha so uile.

C. A bheil fireantachd Chrìosd airidh dhi féin air fireanachadh? *F.* Thà do bhrìgh urram neo-chriochnach a phearsa.

C. An robh Crìosd air fhìreanachadh an déidh dha a h-oibreachadh a mach? *F.* Bhà; oir thugadh thairis e airson ar cionta agus thogadh suas a ris e air son ar fireanachadh.

C. An ruig lagh no ceartas gu bràth air a' pheacach a tha fo fhìreantachd Chrìosd? *F.* Cha ruig; oir cò chuireas ni sam bith as leth daoine taghta Dhé.

C. Ciod e an seòrsa fireantachd a tha so? *F.* Tha fireantachd a tha (1) a' glòireachadh Dhé (2) a tha air a gabhail; tha i neo-chriochnach airidh agus freagarrach do staid a' pheacaich oir air sgàth airidheachd neo-chriochnach fulangais Chrìosd bithidh am peacach air a mhaitheadh agus air a shaoradh bho dhiteadh sìorruidh agus air sgàth airidheachd neo-chriochnach Chrìosd tha pearsa a'

Fìreanachadh

pheacaich air a ghabhail agus an sìn tha e' faotainn còir air beatha.

(4) *An t-aobhar meadhonal.* C. Ciod e an t-aobhar gnìomhach? F. Is e creidimh.

C. Cionnus tha creidimh a' fireanachadh? F. Cha'n ann mar ghràs an Spioraid no mar phrionnsabal no mar ghnìomh a' chreidimhich ach a mhàin ann an daimh ri Crìosd, oir tha creidimh a' deanamh greim air pearsa agus fireantachd Chrìosd agus 'ga cho-chur ris an anam. Is e so am ball-ceangail a tha eadar Crìosd agus an t-anam.

C. C'arson is e creideamh agus nach e gràs sam bith eile as meadhon anns an fhìreanachadh? F. Chum's gu'm bitheadh na h-uile aobhar uail air an druidealh a mach: is ann o chreidimh a tha e ionnus gu'm biodh i tre ghràs, Rom. iii. 27, iv. 16.

(5) *Am prìomh-aobhar.* C. Ciod i crìoch àraidh an fhìreanachaidh? F. Is i glòir gràis Dhé oir is e so an sgàthan anns a bheil i dealradh.

6. *Dòigh fhìreanachaidh.*

C. Ciod i dòigh fhìreanachaidh a thaobh an duine? F. Tha i tre chreidimh laghail no creidimh sois-geulach, Rom. v. 1.

C. Co aca is e creideamh laghail no creideamh

Fìreanachadh

soisgeulach tha'n so? *F.* Is e creideamh soisgeulach a tha ann.

C. Ciod tha gabhail aite 'sa pheacach ma's tachair so? *F.* (1) Tha ceartas a' deanamh casaid no tagraidh gur ciontach e an làthair Dhé am Breitheamh. (2) Tha e air a thoirt gu mòd air beulaobh a' bhreithimh. (3) Tha an lagh mar Spiorad na daorsa 'ga dhìteadh. (4) Tha dà fhianuis anns a mhòd 'na aghaidh; is iad sin a choguis féin agus uile-fhiosrachd Dhé. (5) Feumaidh e a chiont aideachadh oir tha i air a dearbhadh air. (6) Is i bhinn a tha e 'toilltinn corruidh shiorruidh no mallachd an lagha agus cha'n'eil fàth sam bith aige a thagras e an aghaidh na binne. (7) Cha'n'eil éifeachd sam bith dha 'na fhìreantachd féin. Is e Criosd a mhàin caraid a pheacaich oir dh' oibrich e mach fireantachd làn-fhreagarrach ri chor. Tha an fhreagarrachd so air a toirt fagaig dha ann an Criosd anns an t-soisgeul chum gabhail rithe agus is e (a) creideamh an t-sùil a chì i (b) na cosan a ruitheas gu Criosd air a son agus (c) an làmh a ghlacas i; anns an dòigh so tha i a' fireanachadh.

C. Ciod i dòigh fireanachaidh a thaobh Dhé?
F. Thà Dia a bhi meas fireantachd dha; tha Dia

Fìreanachadh

am meas fireantachd as eugmhais oibre, Rom. iv. 6; tha Dia 'ga meas dha mar gu'n d'oibrich e féin a mach na phearsa i oir choimhlon Crìosd i mar éiric 'na rùn agus 'na àite.

C. Ciod i an daimh anns a bheil Dia a' seasamh 'nuair tha e a'fìreanachadh? *F.* Thà mar bhreith-eamh air a chathair, agus am peacach anns an ionad-thagraidh mar chiontach.

C. Ciod i an daimh anns a bheil Dia a' seasamh ris an duine a tha air fhìreanachadh? *F.* Thà mar athair agus an duine mar a leanabh air uchd-mhacachadh.

C. Am bi peacaidhean an fhìrean air am faotainn aig là bhreitheanais? *F.* Cha bhi; bidh peacaidhean Israeil air an iarraidh ach cha bhi iad air am faotainn, oir tha iad air an cur fodha ann an cuan fola Chrìosd. Cha suidh Dia air cathair breitheanais da thaobh na's mò, ach 'sann a bhitheas e dhà mar athair.

C. C'uin, uime sin, tha là breitheanais an anama a tha air fhìreanachadh? *F.* Thà an là anns a bheil Dia a' dearbhadh air a pheacaidhean agus 'ga fhìreanachadh; 'San uair sin tha 'pheacaidhean air an cur fa chomhair agus tha e air a dhìtheadh 'na bhroileach féin ach air a chur saor le Dia.

Fireanachadh

C. Co ann tha fireanachadh? *F.* Thà a mhàin, ann an Crìosd, 'se sin, ann am beo-aonadh ris; anns an Tighearna bithidh uile shìol Israeil air am fireanachadh agus bheir iad glòir dhà.

C. An déilig Dia ris air son nam peacaidhean a rinn e an déidh dha bhì air fhìreanachadh? *F.* Déiligidh ach cha pheanasaich se e mar bhreitheamh ach smachdaichidh se e mar athair; ma tha sibh as eugmhais smachdachaidh an sin is clann diolain sibh agus cha chlann dligheach, Eabh. xii. 8; ma thréigeas a chlann mo lagh an sin fiosraichidh mi iad le slait an eusontais, Ps. lxxxix. 30-32.

7. *Pòl agus Seumas réidh r'a chéile.*

C. Nach 'eil Pòl ag radh gu bheil duine air fhìreanachadh tre chreidimh gun oibribh an lagha? *F.* Thà; Roman iii. 20, 28. Tha fios againn nach 'eil duine air fhìreanachadh o oibribh an lagha ach tre chreidimh Iosa Crìosd, Gal. ii. 16.

C. Nach 'eil Seumas ag radh gur ann tre oibribh tha duine air fhìreanachadh agus cha'n ann tre chreidimh a mhàin? *F.* Thà, Seumas ii. 24.

C. A bheil beachdan an dà abstoil sin a' breugnachadh a' chéile? *F.* Cha'n'eil oir bha iad air an deachdadh leis an aon spiorad agus,

Fìreanachadh

uime sin, cha'n urrainn dhaibh a bhi an aghaidh a' chéile.

C. Cionnus a nithear réidh r'a chéile iad?

F. Chum na criche so feumaidh na nithean a leanas a bhi 'nar smuaintean, (1) Gu'm b'iad buidhionnan eadar-dhealaichte ris an robh an dà abstol a' labhairt. Is ann ri muinntir na féin-fhìreantachd bha Pòl a' labhairt, sluagh a bha, ann an tomhas, ann an cuid de'n caitheamh beatha, cumaidh ri litir an lagha agus nach robh anns an choitchionn ciontach de pheacaidhean gràineil. Rinn iad so cuid no an t-iomlan de'n oibribh féin 'na bhonn fireanachaidh agus dhiùlt iad fìreantachd Chrìosd, an cuid no an t-iomlan, mar bhonn fireanachaidh. 'Se bha annta dìreach *Arminianaich*. Ach air an làimh eile, bha Seumas a' labhairt ri luchd-aidich a bha eudmhor a thaobh a chreidimh ach a bha mi-naomha agus neo-ghlan agus a bha gabhail fois ann an creidimh marbh agus a bha beo 'sa' pheacadh; cha robh annta dìreach ach *Antinomianaich*. (2) Gur th'ann mu dhà sheòrsa creideamh eadar-dhealaichte annta féin a labhair na h-abstoil. Labhair Pòl mu chreidimh fìor, gnìomhach agus beothail, nì as e toradh obair an Spioraid a ghlan an cridhe agus a dh' oibrich tre ghradh, Gal. v. 6. Labhair Seumas mu chreidimh

Fireanachadh

marbh neo-ghniomhach, nì as e toradh neirt a' pheacaich agus nach robh a' giùlan naomhachd mar thoradh, Seumas ii. 14-18. (3) Gur th'ann mu dà sheòrsa fireanachaidh labhair iad. Labhair Pòl mu fhìreanachadh pearsa pheacaich, is e sin, saòrsa bho'n mhallachd agus gabhail ri a phearsa fa chomhair Dhé air bonn fireantachd Chrìosd. Labhair Seumas mu fhìreanachadh creidimh a chreidmich — gu'n robh a chreideamh air fhìreanachadh, .i. air a dhearbhadh a bhi fìor neo-thruaillte, treibhireach, de'n t-seòrsa cheirt agus, uime sin, tha e ag radh gu robh Abrahàm air fhìreanachadh agus gu robh a chreideamh air a dhearbhadh a bhi de'n t-seòrsa cheirt 'nuair thug e suas Isaac aig àithne Dhé, Gen. xxii. 12. Cha b'è creideamh marbh a bha an so ach creideamh beò; bha pearsa Abraham air fhìreanachadh tre chreideamh air fireantachd Chrìosd a mhàin, ach tha e 'cheart cho fìor gu robh e air fhìreanachadh tre 'oibribh; gu robh chreideamh air a dhearbhadh a bhi neo-thruaillte le oibriibh no le ùmhlachd. (4) Gur th'ann an seadhan eadar-dhealaichte bha iad ag amharc air a' mhuinntir a bha air am fireanachadh 'se sin mar pheacaich agus mar chreidmich. Tha Pòl a' labhairt mu fhìreanachadh pheacach .i. mu shaoradh am pearsa bho

Fìreanachadh

chiont agus mu ghabhail ri am pearsa tre chreideamh air fireanteachd Chrìosd. Tha an lagh ag agairt briseadh an lagha an aghaidh a' pheacaich a tha air a dhùsgadh agus is i an aon dòigh air am bì e air a shaoradh bho so a bhi a' creidsinn ann am fireantachd Chrìosd. Tha Seumas a' labhairt mu fhìreanachadh a' chreidmhidh le saorsa a tha saoradh, mar tha am beatha dhiadhaidh a' dearbhadh an cliù bho amharus cealgaireachd. Tha Sàtan agus a' choguis, 'nuair tha an creideamh lag, gu tric a' cur cealgaireachd as leth a chreidmhidh agus, chum e féin a shaoradh bho'n chasaid so agus chum a bhi dearbhadh treibhdhìris a chreidimh agus fhìreanachaidh am fianuis Dhé, tha e nochdadh umhlachd agus deagh oibre mar thoradh a chreidimh. Mar so tha e 'dearbhadh gu'n do dhùin e ri Chrìosd agus air an aobhar sin, gu bheil e saor bho'n chasaid a rinn Sàtan nach robh e creidsinn ann an Chrìosd. (5) Gur th'ann mu bhreitheamhan eadar - dhealaichte labhair iad. Tha Pol a' labhairt mu fhìreanachadh am fianuis Dhé or tha Dia 'na bhreitheamh air araon pearsa agus staid; tha Seumas a' labhairt mu fhìreanachadh am fianuis dhaoine, oir faodaidh daoine breth a thoirt air toraidhean. (6) Gur th'ann air taobhan fa leth de'n chreideamh dh'

Fìreanachadh

amhairc iad. Tha Pol a' labhairt mu oifig a' chreidimh ann am fireanachadh am fianuis Dhé. Tha Seumas a' labhairt mu na toraidhean agus na buaidhean mar chithear iad le daoine. (7) Gur th'ann mu ghniomhan eadar-dhealaichte chreidimh a bha iad a' labhairt. Tha Pol a' labhairt mu phrìomh ghniomha' chreidimh nì ase a bhi deanamh greim air Crìosd chum slàinte. Tha Seumas a labhairt mu dhéidh-ghniomh a chreidimh a tha 'ga nochdadh féin ann an gràdh. Tre chreideamh tha am peacach air aonadh ri Crìosd agus far a bheil gràdh tha ùmhlachd. Bho na beachdan so tha réite an dà abstol air a deanamh soilleir.

Co-dhuineadh.

1. *Chum teagaisg.* (1) Cha'n e ach an t-amadan aig a bheil beachd beag agus smuaintean aotrom mu pheacadh agus mu chionta peacaidh. Cia uamhasach 'nuair tha e rùsgadh a' pheacaich do chorruidh shiorruidh! (2) Truaighe nan muinntir air nach do ràinig maitheanas agus nach 'eil air am fireanachadh! Is dorch an t-siorruidheachd a tha feitheamh orra! (3) Sonas nam firean. Tha iad air an saoradh bho chorruidh agus tha còir aca air beatha

Fireanachadh

mhaireannach! (4) Luach agus luachmhorachd an t-soisgeil a tha taisbeanadh dòigh fireanachaidh agus anns a bheil Criosd agus 'fhireantachd air a thoirt am fagaig dhuinn! (5) Tha fireanachadh a' pheacaich ann an Criosd a' nochdadh dhuinn gu soilleir saobhreis gràis Dhé.

2. *Chum ceasnachaidh.* Ma tha thu air d' fhìreanachadh (1) Chunnaic thu thu féin ann an staid ditidh agus ruith thu go Criosd a mhàin chum fireanachaidh. (2) Thréig thu gach uile earbsa 'na d' fhìreantachd féin agus bha thu air do ghiùlan a mach gu Criosd a mhàin air son fireanachaidh. (3) Tha uachdranachd agus riaghladh peacaidh air am briseadh anns an fhìreanachadh, oir far a bheil cumhachd ditidh a' pheacaidh air a thoirt air falbh tha 'chumhachd riaghlaidh air a thoirt air falbh cuideachd. Ma fhuair duine ciontach maitheanas tha e air a thoirt as na h'iaruinn agus as am phrìosan agus as cumhachd fear-gleidhidh am phrìosain. Mar an ceudna cha'n'eil am peacach a fhuair maitheanas na's fhaide 'na phrìosanach aig Sàtan no 'na thràill aig peacadh chionn agus gu bheil na slabhraidhean air am briseadh agus tha anam a' tagradh an déidh naomhachd iomlan. (4) Anmhuinneachd coguis a thaobh peacaidhean, buairidhean agus gach uile

Fireanachadh

choslas uilc. (5) Beatha dhiadhaidh, beatha féin-àicheadh agus ceusaidh a' pheacaidh.

3. *Chum earaileachaidh.* (1) Thoir fainear naomhachd agus fireantachd nàduir Dhé chum 's gu'm faic thu do ghràinealachd agus do thruaighe féin am feadh 'sa tha thu gun d' fhireanachadh. (2) Bitheadh cùram ort faighinn a mach as an staid ditidh anns a bheil thu. Na'n robh thu fo bhinn a' bhàis nach deanadh tu strìth air son maitheanais. (3) Ged tha fireantachd nasgaidh gidheadh cha'n ann gu diomhain a thig i; tha am mhuinntir a fhuair i 'ga meas mar an tròcair as àirde oir dh' fhairich iad nach robh ann ach truaighe a bhi as a h-àonais.

4. *Ann an staid na neo-fhireantachd.* (1) Tha thu fo'n mhallachd agus cha ghiùlain thu ach toradh na mallachd. (2) Cha'n'eil slighe agad gu Dia. (3) Cha'n'eil sìth agad ri Dia. (4) Cha'n urrainn naomhachd sam bith a bhi agad. (5) Tha d' oibribh gu léir peacach, aon chuid do dhleasanasan nadurra, laghail, agus do dhleasanasan spioradail. (6) Tha thu dol na's doimhne agus na's doimhne ann an leabhar fiachan Dhé bho là gu làtha.

5. Thig crìoch air cothrom maitheanais.

6. Tha maitheanas air a thairgse dhuit agus cha

Fireanachadh

dean uamhas no lionmhorachd do pheacaidhean do dhùnadh a mach uaithe.

7. Tha fireanachadh a' pheacaich a mhàin ann an Crìosd ; gabh ris gu sòlaimte ann an tairgse an t-soisgeil.

CREIDEAMH

CEIST. *Ciod e creidimh ann an Iosa Criosd?*

FREAGRADH. *Creidimh ann an Iosa Criosd, is gràs slàinteil e, leis a bheil sinn a' gabhail ris, agus 'gar socrachadh féin air-san 'na aonar airson slàinte, mar a ta e air a thairgse dhuinn anns an t-soisgeul.*

Ceasnachadh.

C. Ciod e gràs? F. Fabhar Dhé dhaibhsan nach 'eil airidh air.

C. Ciod e gràs slàinteil? F. Creideamh.

C. Cò air tha creideamh 'na ghràs slàinteil?
F. Air Iosa Criosd.

C. Ciod tha air a radh ann an so a tha creideamh ann an Iosa Criosd? F. 'Na ghràs slàinteil.

C. Ciod e an seòrsa gràis a tha air a radh ann an so is e creideamh air Iosa Criosd?
F. Gras slàinteil.

C. Ciod tha an creidmheach a' deanamh tre

Creideamh

chreideamh? *F.* Tha e a' gabhail ri Criosd, agus 'ga shocrachadh féin air-san 'na aonar air son slàinte.

C. Co ris tha e a' gabhail? *F.* Ri Criosd.

C. Cò leis tha e a' gabhail ri Criosd? *F.* Le creideamh.

C. Ciod a bharrachd air gabhail ri Criosd a tha an creidmheach a' deanamh tre chreideamh? *F.* Tha e a' socrachadh air Criosd.

C. Co air tha an creidmheach a' socrachadh tre chreideamh? *F.* Air Criosd.

C. C'arson tha an creidmheach a' socrachadh air Criosd. *F.* Airson slàinte.

C. Cionnus tha an creidmheach 'ga shocrachadh féin air Criosd airson slàinte. *F.* Tha e a' socrachadh air-san a mhàin.

C. Cò tha 'ga shocrachadh féin air Criosd 'na aonar airson slàinte? *F.* Thà esan a tha a' creidsinn ann.

C. Cionnus tha Criosd air a gabhail tre chreideamh? *F.* Thà mar tha e air a thairgse anns an t-soisgeul.

C. Cò tha air a thairgse? *F.* Thà Criosd.

Creideamh

C. Cò dhà tha e air a thairgse? *F.* Tha dhuinne.

C. Cò ann tha e air a thairgse? *F.* Anns an t-soisgeul.

C. Ciod tha air a radh ri bhi gabhail ri Criosd agus a bhi socrachadh air-san 'na aonar airson slàinte. *F.* Tha creideamh.

C. Cia lion nì tha air am filleadh ann an gràs slàinteil? *F.* Tha dà nì. (1) Gabhail ri Criosd air son slàinte mar tha e air a thairgse anns an t-soisgeul. (2) Socrachadh air Criosd 'n aonar air son slàinte.

C. Ciod tha air a chiallachadh le gabhail? *F.* Thà a bhi gu toileach agus gu taingeil 'gabhail thugainn.

C. Ciod tha air a chiallachadh le socrachadh? *F.* Thà a bhi cur ar n-uile dhòchas agus mhuinighinn ann an neach.

C. Ciod tha air a chiallachadh le slàinte? *F.* Thà saorsa iomlàn o'n pheacadh agus athshuidheachadh ann an sonas.

Roinnean.

1. Seòrsachan creidimh.
2. Mathair-aobhair.
3. Ùghdar.
4. Cuspairean.
5. Rùn.
6. Gniomh.

Creideamh

7. Barantas. 8. A' chrìoch. 9. Gnè. 10. Iomradh.
11. Cunnart.

1. *Sèrsachan creidimh.*

C. Cia lion sèrsa creidimh tha air an ainmachadh anns a' Bhìobull? *F.* Ceithir.

C. Ciod iad? *F.* (1) Eachdraidheil, a tha co-sheasamh ann an aonadh lòm ris an nì a tha air a thaisbeanadh anns an Fhocal gun aon chuid gràdh no spéis do'n nì a tha air a thaisbeanadh—creidimh mar dh' fhaodas a bhi aig na deamhain: tha thu creidsinn gu bheil aon Dia ann; is maith a nì thu; tha na deamhain a' creidsinn mar an ceudna, agus tha iad a' crìochnachadh, Seumas ii. 19. Faodaidh an creideamh so a bhi aig daoine mì-dhiadhaidh mar bha Sìmon Màgus oir chreid e, Gnìomh viii. 13. (2) Creideamh nach mair ach car ùine a tha co-sheasamh ann an aonadh ri fìrinn taisbeanaidh Dhé maille ri fannghluasad aignidhean dh' fhaodas mairsinn car ùine agus an sin a sheargas as mar an siol anns an talamh chreagach, Mata xiii. 20-21. Agus faodaidh so a bhi a' giùlan ath-leasachaidh neo-chumanta bho pheacaidhean gràineil: Oir an déidh dhaibh dol as o shalachar an t-saoghail, tre còlas an Tighearna agus an t-Slanuighir Iosa

Creideamh

Criosd, ma bhios iad a ris air an ribeadh annta agus air an cur fo ghéill, tha a' chrìoch aca na's miosa na an toiseach, 2 Pead. ii. 20. (3) Creideamh ann am mìorbhuilean, agus b'iad buaidh tìodhlacan mìorbhuileach an Spioraid.

C. C'uin bhuilich Dia a leithid sin de chreideamh air neach sam bith? *F.* Nuair bha teachdarachd àraidh ro-chudthromach no cuibhrionn ro-shonhraichte de thaisbeanadh Dhé gu bhi air a dhaingneachadh mar bha mìorbhuilean Mhaois agus nam faidhean agus nan abstol.

C. An robh a' mhuinntir air an do bhuilicheadh creideamh anns na mìorbhuilean ann an staid shlàinteil? *F.* Cha robh oir ri mòran dhiubh so their Crìosd : cha b' aithne dhomh riamh sibh, Mata vii. 22.

C. Am faod sùil a bhi againn ri mìorbhuilean an diugh? *F.* Cha'n fhaod, oir cha'n'eil barantas againn so a dheanamh chionn g'1 bheil clàir an sgrìobtuir a nis dùinte. (4) Creideamh slàinteil. Is e so an creideamh a tha a' gabhail ri Crìosd agus air an aobhar sin a tha ceangailte ri slàinte.

C. Ciod e creideamh slàinteil? *F.* Is e an creideamh a tha gabhail ri Crìosd agus a' socrachadh air.

Creideamh

C. Carson tha creideamh slàinteil air a radh ris? *F.* Airson gur e an làmh a tha a' greimeachadh air Chrìosd agus air a shlàinte, no an t-slabhraidh a tha ceangal pearsa a pheacaich ri pearsa Chrìosd agus a' toirt comh-phairt dha ann an slàinte Chrìosd: ge b'e chreideas teàrnar e, Marc xvi. 16.

2. *Mathair-aobhair.*

C. An e creideamh slàinteil toradh cumhachd nàdurra an duine, no toradh cumhachd a shaoir thoile. *F.* Cha'n e: cha'n urrainn neach air bith teachd a m' ionnsuidh-sa mur tarruing an t-Athair a chur uaith mise e, Eoin vi. 44.

C. Co bhuaithe tha e? *F.* Is e tiodhlac Dhé e: oir thiodhlaiceadh dhuibhse air son Chrìosd, creidsinn ann, Philip. i. 29.

C. Cia an tobair bho a bheil e sruthadh? *F.* Bho chuan saobhir uachdranais saor-ghràis Dé.

3. *Ughdar.*

C. Cò e ùghdar creidimh slàinteil? *F.* Thaobh a thòiseachaidh anns an anam tha e air a chur as leth (1) an Athair: cha'n urrainn neach air bith teachd a m'ionnsuidh-sa, mur tarruing an t-Athair a chuir uaith mis e, Eoin vi. 44. (2) As leth a'

Creideamh

mhic ; tarruing mi agus a' d' dhéidh ruithidh sinn, Dan Shol i. 4. (3) As leth an Spioraid Naoimh gu h-àraidh, oir is e creideamh aon de thoraidhean an Spioraid, Gal. v. 22, agus theirear ris Spiorad creidimh, 2 Cor. iv. 13.

C. Ciod e am meadhon leis a bheil an Spiorad ag oibreachadh creidimh? *F.* Thà le focal Dé ; is ann o éisdeachd a thig creideamh agus éisdeachd tre fhocal Dhé, Rom. x. 17.

C. Ciod e focal Dhé? *F.* An lagh agus an soisgeul. (1) Le focal an lagha bhi air a cho-chur leis an Spiorad tha creideamh an lagha air oibreachadh a mach leis an Spiorad a bhi toirt do'n pheacach beachdan ceart air an lagh agus naomhachd, farsuingeachd agus spioradalachd an lagha. (2) Le focal an t-soisgeil a bhi air a cho-chur leis an Spiorad tha creideamh an t-soisgeil air oibreachadh anns an anam leis an Spiorad a bhi leigeil ris do'n pheacach fheum air Crìosd agus freagarrachd Chrìosd ri a chor, agus ùghdarras Dhé ag àithneadh dha creidsinn ann an Crìosd agus a' craobh-sgaoileadh gràidh Dhé 'na anam a tha ag atharrach agus ag ath-nuadhachadh a nàduir moralta agus a tha 'gintinn an creideamh sin a tha ag oibreachadh tre ghràdh.

Creideamh

C. A bheil eòlas feumail chum creidimh? *F.* Thà, oir cha'n urrainn dhuinn creidsinn anns an nì nach aithne dhuinn; fhuair sinn aithne air agus chreid sinn an gràdh a tha aig Dia dhuinn, 1 Eoin iv. 16.

C. Ciod e an t-eadar-dhealachadh tha eadar eòlas a' chreidimh agus eòlas tuairmse? *F.* Tha eòlas a' chreidimh (1) ag irioslachadh; agus ma tha aon duine a' saòilsinn gur aithne dha nì sam bith, cha'n aithne dha aon nì fathast mar bu chòir dha aithneachadh, 1 Cor. viii. 2. (2) A' cruth-atharrachadh: a dh' fhosgladh an sul a chum gu'n tionndaidh iad o dhorchadas gu solus, agus o chumbachd Shàtain gu Dia, Gníomh xxvi. 18. (3) Teò-chridheach, gràdhach: an tì nach gradhaich cha'n aithne dha Dia, oir is gràdh Dia, 1 Eoin iv. 8. (4) Aghartach: agus bidh eòlas againn, theid sinn air ar n-aghaidh a' ghabhail eòlais air an Tighearna, Hos. vi. 3. Cha'n'eil aon de na toraidhean so air an eòlas thuairmseil.

C. Ciod e an co-chòrdadh tha eadar creideamh agus gràdh agus dòchas? *F.* (1) Tre chreidimh gheibh sinn sealladh air maith neo-fhaicsinneach agus creididh sinn ann; tre chreidimh thréig e an Eiphit gun eagal a bhi air roimh chorruih an rìgh,

Creideamh

oir bha e laidir 'na inntinn mar neach a bha faicinn an Ti a tha neo-fhaicsinneach, Eabh. xi. 27. (2) Tre ghràdh miannaichidh sinn agus siridh sinn am maith neo-fhaicsinneach; tha miann ar n-anama air t' ainm, agus air do chuimhne, Isai. xxvi. 8. (3) Tre dhòchas tha sinn a' feitheamh gu muinghinneach agus gu foighidneach ris; ach ma tha dòchas againn ris an nì nach 'eil sinn a' faicinn feithidh sinn gu foighidneach ris, Rom. viii. 25.

4. *Cuspairean.*

C. Co air a tha creideamh slainteil air oibreachadh? *F.* Cha'n'eil air na h-uile dhaoine; oir cha'n'eil creideamh aig na h-uile, 1 Tes. iii. 2; ach aca san a tha air am breth o Dhia, Eoin i. 12-13.

C. Ciod tha air thoiseach air creideamh? *F.* Tha ath-ghineamhuinn.

C. Ciod i obair an Spioraid anns a bheil creideamh air oibreachadh anns an anam? *F.* Ann an obair na h-ath-ghineamhuinn, oir tha Chrìosd air a' ghabhail leis an anam gu neo-mhothachail—is e sin Chrìosd a' teachd tre a Spiorad anns an anam mharbh agus 'ga ath-bheothachadh agus 'ga thoirt beò gu spioradail. An sin tha an t-anam a' creidsinn no a' gabhail gu mothachail ri Chrìosd nì as e

Creideamh

ceud-ghluasad na beatha spioradail a tha air a com-pairteachadh anns an ath-ghineamhuinn.

C. Ciod iad de bhudhan an anama anns a bheil creideamh air oilreachadh? *F.* An tuigse agus an toil no an cridhe—'se sin buadhan na h-inntinne agus buadhan moralta an duine; fhuair iad so uile bàs ann an creidimh gun na geallaidhean fhaotainn ach air dhaibh am faicinn fad o laimh làn chreid iad annta, Eabh. xi. 13. Is e tha a bhi a làn-chreidsinn nan geallaidhean a' ciallachadh bhi làn chreidsinn gu bheil iad fìor ní as e gnìomh na tuigse ach is e a bhi 'gan dlùth-ghabhail gnìomh na toile oir tha an toil a' greimeachadh air, no a' roghainneachadh na fìrinne sin de a bheil làn-dearbhadh aig an tuigse. Uime sin tha sin a' leughadh gur ann leis a' chridhe a chreidear chum fireantachd, Rom. x. 10.

C. Ciod e tha, anns a choitchionn, air thoiseach air creideamh slàinteil no creideamh soisgeulach? *F.* Thà, creideamh laghail.

C. Carson? *F.* Chum fheum fhoillseachadh do'n pheacach; cha'n'eil feum aca-san a tha slàn air an léigh ach aca-san a tha tinn, Marc ii. 17.

5. *Rìn.*

C. Co e, anns a choitchionn, air a bheil creid-

Creideamh

eamh suidhichte? *R.* Thà Dia an t-Athair, am Mac agus an Spiorad Naomh. Tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annam-sa mar an ceudna, Eoin xiv. 1.

C. Cò e gu sònruichte air a bheil creideamh suidhichte? *R.* Thà Iosa Criosd. Is ann airsan tha creideamh suidhichte, agus tha esan a' léigheas dìreach mar léighis an nathair umha na h-Israelich; mar thog Maois an nathair 'san fhàsach is ann mar sin is eiginn do mhac an duine a bhi air a thogail suas, Eoin iii. 14-15.

C. Ciod e ann an Criosd agus co-cheangailte ris air a bheil creideamh suidhichte? *R.* (1) Is ann air a phearsa anns a cheud àite, tha an creideamh suidhichte; seallaibh riumsa agus bithibh air bhur tearnadh uile iomalla na talmhainn, Isai. xlv. 22. (2) Tha creideamh anns an dara àite suidhichte air a shochairan, 'oifigean, 'airidheachd, 'fhireantachd agus a ghràs; seadh gun amharus, agus tha mi a' meas nan uile nithean 'n an call, air son ro òirdhearcas eòlais Iosa Criosd mo Thigh-earna; air son an d' fhuiling mi call nan uile nithean agus tha mi a' meas gur aolach iad chum gu'n cosnainn Criosd agus gu faighear ann-san mi gun m' fhìreantachd féin agam a tha o'n lagh, ach

Creideamh

an fhìreantachd sin a tha tre chreidimh Chrìosd an fhìreantachd a tha o Dhia tre chreidimh, Phil. iii. 8-9.

C. Nach ann air Dia tha creideamh suidhichte?

F. Is ann, oir tre Chrìosd tha sinn a' creidsinn ann an Dia; muinntir trid san a tha creidsinn ann an Dia a thog esan o na mairbh agus a thug glòir dha chum gu'm biodh 'ur creidimh agus 'ur muinghin ann an Dia.

6. *Gnìomh.*

C. Ciod e gnìomh a chreidimh? *F.* Tha e dà fhillte (1) gabhail ris mar tha e air a thairgse anns an t-soisgeul; ach a mheud as a ghabh ris thug e dhaibh cumhachd a bhi 'n an cloinn do Dhia, Eoin i. 12. Le bhi gabhail ris mar so tha an t-aonadh eadar Chrìosd agus an t-anam a' gabhail àite agus tha am pòsadh spioradail air a sheulachadh. (2) A bhi socruchadh air Chrìosd: gu sàmhach fan ri Dia nan dùl is feith le foighid leis, S. xxxvii. 7. Gleidhidh tu esan ann an sìth iomlain aig a bheil 'inntinn suidhichte ort, Isai. xxvi. 3.

C. An urrainnear socruchadh air Chrìosd gus an gabhar ris? *F.* Cha'n urrainn; an toiseach feumaidh gabhail ris a bhi ann agus a ris a

Creideamh

bhi socrachadh air Criosd a tha air a ghabhail thugainn.

C. An e ni eadar-dhealaichte tha ann a bhi gabhail ri Criosd agus a bhi socruchadh air? *F.* Cha'n e. Is e gabhail ris an tòiseachadh agus 'se a bhi socruchadh air buanachadh a bhi 'ga ghabhail.

C. Cionnus tha Criosd gu bhi air a ghabhail tre chreidimh? *F.* Thà mar tha e air a thairgse anns an t-soisgeul.

C. Cionnus tha e air a thairgse anns an t-soisgeul? *F.* 'Na phearsa', 'na oifigean, 'na airidheachd agus 'na ghràsan.

C. Ciod tha air a chiallachadh le gabhail ris mar tha e air a thairgse anns an t-soisgeul? *F.* (1) Thà gabhail ri a phearsa agus air an aobhar sin a bhi treigsinn gach uile fhear-saoraidh eile agus a bhi a' gabhail thugainn Chriosd an iomlàn-achd a dhà nàduir agus aoin phearsa mar ar slànuihear 'na áonar. (2) Gabhail ris mar fhàidh agus, uime sin, a bhi tréigsinn ar gliocais féin 'ga gabhail-san thugainn mar fhear-treòireachaidh, mar fhear-teagaisg agus mar fhear-iùil. (3) Gabhail ris mar shagairt agus, uime sin, a bhi tréigsinn ar féin-dheanadas mar bhonn dòchais agus fhìreantachd-san a ghabhail thugainn mar ar

Creideamh

n-aon bhonn dòchais. (4) Gabhail ris mar rìgh agus, mar sin, a' tréigsinn ar féin-neirt agus 'ga ghabhail-san thugainn mar ar neart.

C. Cionnus a shocraichear air Criosd? *F.* A mhàin air son slàinte a tha dùnadh a mach gach ni eile.

C. C'arson a shocruichear air Criosd cho maith ri bhi gabhail ris? *F.* Do bhrìgh is gu bheil uallaichean air a chreadmheach (1) uallach aineolais agus anmhuinneachd, agus uime sin tha e socrachadh air Criosd mar fhaidhe chum an uallaich so a thogail deth (2) uallach cionta corruich an t-Athair, agus air an aobhar sin tha e socrachadh air Criosd mar fhàidh agus a' fàgail an uallaich so air chum a thoirt air falbh; (3) uallach de ana-miannan agus de bhuaireidhean agus, uime sin, tha e socruchadh air Criosd chum an casgradh.

C. Ciod tha air a chiallachadh le bhi a' gabhail ris agus a' socrachadh air Criosd? *F.* Thà a bhi diùltadh agus a bhi tréigsinn na h-uile eile mar bhonn dòchais am fianuis Dhé, no a bhi tréigsinn na féin agus a bhi tréigsinn earbsa ann am féin-ghliocas, féin-eòlas, féin-fhìreantachd agus ann am féin-neart; agus a bhi faighinn a mach uile-

Creideamh

fhreagarrachd Chrìosd agus a bhi a' gabhail thuige a phearsa agus oifigean agus a bhi ag earbsa ann a mhàin air son na h-uile.

C. Ciod iad na nithean eile air a bheil daoine socrachadh, a bheag na mhòr, air son slàinte a bharrachd air Chrìosd agus a tha iad a' cur an àite Chrìosd? *F.* Tha cuid a' socrachadh air gnìomh-aran an lagha mar bhonn an dòchais agus am muinighin; tha so air a dheanamh leò-san nach fhac riamh spioradalachd no farsuingeachd an lagha; ni mò chunnaic iad riamh iad féin a bhi fo mhallachd an lagha agus cha d'fhànich iad an éu-comas féin gu ùmhlachd iomlan d'a h-àithne. (2) Tha cuid eile ann a tha ceangal ri chéile fireantachd Chrìosd agus an deanadasan féin mar bhonn an dòchais agus am muinighin. Tha so air a dheanamh leò-san nach fhaca riamh làn-choimhliontachd iobairt Chrìosd, no an truaighe féin, agus aig a bheil am beachd amaideach gu an dean Chrìosd suas an easbhuidheachd féin. (3) Tha cuid eile ann a tha a' cur an dòchais ann an tròcair choitchionn an Tighearna agus tha iad a' cur an earbsa an so chionn 's nach fhac iad riamh gur h-éiginn riarachadh a bhi air a thoirt airson peacaidh: dh' ardaicheadh iad so tròcair air cost ceartais agus na'm biodh iad idir air an teàrnadh

Creideamh

bu choma leò co dhiù bha so co-shinte ri glòir na diadhachd no nach robh.

7. *Barantas.*

C. Ciod e am barantas a tha aig a pheacach gu bhi creidsinn ann an Crìosd no gu bhi gabhail ris agus socrachadh air air son slàinte? *F.* (1) Thà cuireadh Dhé anns an t-soisgeul aige mar bharantas gu bhi gabhail ri Crìosd. Ho! gach neach air a bheil tart thigibh-se chum nan uisgeachan, Isai. lv. 1. (2) Tha foillseachadh deagh-ghean Dhé aige ann a bhi deanamh so: Is i so obair Dhé, gu'n creid sibh anns an tì a chuir e uaith, Eoin vi. 29. (3) Tha àithne Dhé aige gu so dheanamh; agus is i so àithne-san gu'n creideamaid ann an ainm a mhic Iosa Crìosd.

C. Cò tha air an cuireadh agus air an àithneadh anns an t-soisgeul gabhail ri Crìosd? *F.* Thà sliochd cailte Adhaimh agus cha'n e na h-ainglean a thuit; oir cha do ghabh e nàdur nan aingeal air ach ghabh e siol Abrahaim air, Eabh. ii. 16.

C. A bheil a h-uile peacach fo'n t-soisgeul, dh'aindeoin cho truailidh, air a chuireadh gu gabhail ri Crìosd? *F.* Thà: ribhse, o fheara tha mi 'g eigheachd 's tha mo ghuth ri clann nan daoine.

Creideamh

C. C'àite a bheil an cuireadh so r'a fhaotainn?
F. Ann am focal an t-soisgeul.

C. Ciod e an t-ainm a tha air an t-soisgeul anns a bheil an tairgse so? *F.* Thà gealladh—gealladh na beatha maireannaich do pheacaich mar pheacaich; is e so an gealladh a gheall e dhuinn eadhon a' bheatha mhaireannach.

C. Cò tha 'g ar cuireadh gu Criosd anns an t-soisgeul? *F.* Thà Dia; tha m'Athair-sa a' toirt dhuibh an arain fhìor o neamh, Eoin vi. 32.

C. Ciod e an suidheachadh anns a bheil sinn air ar cuireadh gu gabhail ri Criosd? *F.* Cha'n ann mar mhuinntir thaghta, no mar mhuinntir shaorta, ach mar pheacaich cailte, oir cha d' thainig e ghairm nam fìrean ach nam peacach chum aithreachais. Thainig e shireadh agus a theàrnadh an nì sin a bha cailte.

C. Ciod e an t-uidheamachadh a dh' fheumas a bhi aig peacach mus gabh e ri Criosd? *F.* Cha'n e doimhneachd fhairichidhean air fheum air Criosd; cha'n e a bheusachd agus cha'n e caoimhneas a chridhe ach e bhi 'na pheacach cailte, seadh, 'na cheann-feadhna nam peacach.

C. Cionnus tha am peacach gu bhi gabhail ri

Creideamh

Criosd ann an cuireadh an t-soisgeil? *F.* Gu saor, gu h-iomlan, gu sonraichte.

C. Ciod tha air a chiallachadh le sinne a bhi gabhail ri Criosd gu saor? *F.* Thà mar tha esan air a thairgse, nasgaidh, gun chumha a choimhlionadh chum esan a cheannach, tha e air a thairgse mar shaor-thiodhlac agus feumaidh sinne gabhail ris mar thiodhlac shaor.

C. Ciod iad nan nithean leis an oidhirpich peacaich Criosd a cheannach? *F.* An dleasanasan, am fairichidhean, an treibhdhireas agus an onar, chionn nach aithne dhaibh an truaighe.

C. Ciod tha air a chiallachadh le gabhail Chriosd gu h-iomlan? *F.* Tha gabhail ri Criosd 'na phearsa agus 'na uile oifgean.

C. C'arson dh' fheumar Criosd a ghabhail gu h-iomlan? *F.* Chionn 's nach foghuinn cuibhrionn de Chriosd; cha'n'eil nì dheth air nach 'eil mòr-fheum againn. Tha ar n-easbhuidhean cho do-leigheas is gu feum sinn a phearsa gu h-iomlan —'na Dhia 's 'na dhuine. Tha feum againn air oifig fhaidheadaireachd chum teagaisg; air oifig 'shagairteachd chum fireanachaidh agus air oifig rioghail chum naomhachaidh.

Creideamh

C. Ciod tha air a chiallachadh le bhi 'ga gabhail gu sònraichte? *F.* Tha e bhi air a dhearbhadh gu deimhin ormsa gu bheil Criosd air a thairgse dhomhsa le Dia, seadh, dhomh fhéin gu sònraichte, agus gu feum mi greimeachadh air, air mo shon fhéin, airson slàinte—Eoin vii. 37, ix. 35.

C. Ciod e an gabhail mar mo chuid féin a tha éiginneach chum cuireadh an t-soisgeil a fhreagradh? *F.* Cha'n e dearbhadh gu bheil Criosd agam cheana, no gu bheil mi cheana ann an staid gràis, ach mi a bhi gabhail Criosd Dhé thugam a tha air a thairgse dhomh le Dia, mar mo chuid féin, chum 's gu'm bi esan leam-sa agus mise leis-san.

C. An e an Spiorad Naomh a tha gu bhi gabhail Chriosd do am pheacach, no gu bhi creidsinn ann an Criosd airson a' pheacaich? *F.* Cha'n e. Is e an Spiorad a dh' oibricheas an creideamh anns an anam leis a mhàin an urrainn do am pheacach a bhi creidsinn; ach gnìomh an chreidimh ann a bhi gabhail gréim air Criosd, is gnìomh an chreidimhich féin e fo bhuaidh an Spioraid: A bheil creidimh agad? Biodh e agad dhuit féin am fianuis Dhé, Rom. xiv. 22.

Creideamh

8. *A' chrìoch.*

C. Ciod is crìoch cleachdaidh creidimh air Crìosd? *F.* Slàinte is crìoch: Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd agus tèarnar thu, Gníomh xvi. 31.

C. Ciod i an t-slàinte a gheibhear tre chreideamh ann an Crìosd? *F.* (1) Slàinte bho pheacadh, Mata i. 2. (2) Slàinte bho chiont agus bho chorrùich, 1 Tesal. i. 10. (3) Bho ghràinealachd a' pheacaidh. (4) Bho bhith a' pheacaidh.

C. Ciod an ceangal a tha eadar creidimh agus slàinte? *F.* Cha 'n e creideamh airgid gu slàinte a cheannach, no gràs gu a toiltinn, ach is creideamh a' bhann a tha a' ceangal pearsa a' pheacaich ri Crìosd, an t-aon shlànuighear.

C. C'arson tha slàinte tre chreidimh agus nach ann tré ni air bith eile? *F.* Chum agus gu biodh i tre ghràs.

C. Cionnus tha i tre ghràs an uair tha i tre chreideamh? *F.* A chionn gu bheil creideamh a' deanamh an duine na's falamh dhe fhein agus a' glòrachadh Dhé na's mò na na h-uile ghràsan eile.

9. *Gnè.*

C. Ciod e cliù an chreidimh? *F.* (1) Tha

Creideamh

creideamh a' teàrnadh, do bhrìgh, le bhì ag aonadh an chreidmhich ri Crìosd, tha e a' deanamh a theàrnadh cinnteach. (2) Tha creideamh luachmhor, 1 Pead. i. 7; 2 Pead. i. 1. C'arson tha e luachmhor? Do bhrìgh gur e (a) an t-sùil a chì maise Chrìosd, (b) an chluas a chluinneas a ghuth, (c) an làmh a dhlùth ghabhas ris, (d) am bann a tha ceangal ris, (e) meadhon an fhìreanachaidh a' greimeachadh air fireantachd Chrìosd, (f) prìomh-chuibhle nan gràsan eile agus a tha 'gan cur air ghluasad, (g) agus trid tha teachd-an-tìr ar beatha Spìoradail, agus is e a tha a' tarruing uile lòn do an anam á lànachd Chrìosd, co dhiubh is e solus, comhfhurtachd, no neart.

C. C'arson tha Dia a' cur uiread de dh' urram air creideamh? F. Do bhrìgh (1) gu bheil e a' deanamh a pheacaich falamh, (2) tha e cur urram air Crìosd le bhì gabhail ris a mhàin air son slàinte, (3) tha e a' moladh dòigh teàrnaidh Dhé ann an Crìosd, (4) tha e toirt uile ghlòir an teàrnaidh do Dhia.

C. Cìod i an obair anns a bheil e deanta? F. Anns an ath-ghineamhuin.

C. C'uin tha anam a' gabhail ri Crìosd agus

Creideamh

a' socrachadh air 'na aonar air son slàinte?
F. An uair tha a chor cailte agus eucomas air e féin a theàrnadh air a dhearbhadh air agus gu bheil Criosd deònach agus comasach air a theàrnadh. An sin tha e leigeil as gu h-iomlan a ghréim air fhireantachd féin agus a socruchadh air Criosd gu h-iomlan air son slàinte.

10. *Iomradh.*

C. Ciod tha am Biobull ag radh tha creideamh deanamh? *F.* Thà (1) a bhi gabhail, (2) a bhi a' socruchadh, (3) a bhi a'coimhead ris, (4) teachd thuige, (5) a bhi ag ithidh, (6) a bhi ag òl, (7) a bhi a' ruith, (8) a bhi a' teicheadh, (9) a bhi dol a steach, (10) a bhi ocrach, (11) a bhi tartmhor, (12) a bhi beò air, (13) a bhi ceannach, (14) a bhi ag còmhachadh ann, (15) a bhi ag imeachd ann, (16) a bhi togail air.

C. Co as tha na h-iomraidhean sin air creideamh ag éirigh? *F.* Thà bho na dòighean eadar-dhealaichte anns a bheil cuispeir a' chreidimh air a chur fo ar comhair. Nuair tha an cuispeir air a chur fo ar comhair (1) mar thiodhlac tha e a'gabhail, (2) mar bhunait tha e' socruchadh no togail air, (3) mar nì glòirmhor tha e ag amharc ris, (4) mar dhachaidh no mar charaid tha e

Creideamh

teachd thuige, (5) mar bhiadh no mar dheoch tha e ag itheadh agus ag òl, (6) mar dhìean tha e a' ruith no a' teicheadh thuige, (7) mar dhorus tha e a'dol a steach air, (8) mar chuibhrionn tha e 'ga cheannach, (9) mar charaid tha e ag earbsa ann, (10) mar bhiadh tha e beò air, (11) mar àite-còmhnuidh tha e tàmh ann, (12) mar slighe tha e ag imeachd air.

C. An urrainn Criosd a bhi air a ghabhail gun e bhi air thairgse? *F.* Cha'n urrainn.

C. Ciod an t-ùghdarras leis a bheil e air a thairgse? *F.* Air ùghdarras na Diadhachd—ùghdarras an Athar mar fear-ionaid na Diadhachd; ach tha m' Athair-sa a' toirt dhaibh an arain fhìor o nèamh, Eoin vi. 32.

11. *Cunnart.*

C. A bheil eas-creideamh 'na pheacadh antromaichte? *F.* Thà; is e am peacach as antromaichte.

C. Ciod tha 'ga dheanamh mar so? *F.* Do bhrìgh (1) gu bheil e a' deanamh breugaire de Dhia, 1 Eoin v. 10. (2) Chéus e mac Dhé as ùr, Eabh. vi. 6: tha e a' toirt aobhar soilleir do na h-Iudhaich Criosd a chur gu bàs agus tha an

Creideamh

eas-creideamh ag radh ann an aon fhocal gu'm b'e mealltair bha ann an Criosd. (3) Tha e a' mort an anama chionn nach 'eil slàinte ann dh' easbhuidh creideamh ann an Criosd.

C. Ciod tha a' deanamh mì-chreideamh cho cunnartach? *F.* Thà nach e a mhàin gu bheil am peacach air fhàgail fo chudthrom dìtidh an lagha ach mar an ceudna gu bheil e 'ga thoirt féin fo chudthrom dìtidh an t-soisgeil. Tha an soisgeul tighinn thairis air uile bhagraidhean an lagha agus ag radh, "Is e so an dìteadh gu'n d'thainig an solus do'n t-saoghal agus gu'n do ghràdhaich daoine an dorchadas na's mò na'n solus, chionn gu robh an gnìomharan olc," Eoin iii. 19.

C. A bheil e 'nar comas féin creidsinn ann an Criosd? *F.* Cha'n'eil.

C. An dean ar n-eu-comas creidsinn ann an Criosd lethsgheul dhuinn? *F.* Cha dean; cha dean mi-chomas neach gu fhiachan a phaigheadh a leigeil as; feumaidh e fulang.

C. An e ar peacadh no ar mì-fhortan ar n-eucomas gu creidsinn ann an Criosd? *F.* Is e ar peacadh antromaichte. Tha an Spiorad, an uair thig e, a' toirt làn-dearbhadh mu mhi-chreideamh agus gur e am peacadh as antromaichte.

Creideamh

C. Ciod, uime sin, dh'fheumas sinn a dheanamh an uair nach urrainn dhuinn creidsinn? *F.* Feumaidh a bhi ag ùrnuigh gun sgur gu'n oibrichheadh an Spiorad annainn e chum ar tarruing le a ghràs. Tarruing mi. Ad dheidh ruithidh sinn, Dan. i. 4.

Earail.

1. Luachmhorachd a chreidimh, oir is e a chrìoch slàinte.

2. Freagarrachd Chrìosd mar shlanuighear.

3. Feum air creideamh oir is e creideamh a tha ceangal a' pheacaich agus Chrìosd r'a chéile agus as eugmhais creideamh tha e eu-comasach Dia a thoileachadh.

4. Luach an t-soisgeil agus meadhonan nan gràs agus cho feumail 'sa tha e bhi feitheamh gu dìchiollach orra. Is ann o éisdeachd thig creideamh, Rom. x. 17.

5. Sonas nan creidmheach a chionn gu'n chreid iad an fhianuis rinn Dia mu thiomhchioll a mhic, 1 Eoin v. 10-12.

6. Truaighe nan as-creidmheach oir dhiùlt iad an fhianuis; ge b'e nach creid, dìtear e, Marc xvi. 16.

Creideamh

7. Feum air ùrnuigh gu'n tigeadh an Spiorad dh' ionnsuidh ar n-anaman chum 's gu'n tugadh e air falbh sgàile an aineolais a tha folach bho bhur sùil glòir Chrìosd agus gu'n deanadh e toileach sibh gréim a dheanamh air Chrìosd agus dlùth-leantuinn ris.

DIOGHLUIM

Ceann-teagaisg. Bha Mhr Porteous am ministear urramach a bha ann an Ros là àraidh a' marcachd air a' ghaineimh mhìn air an tràigh agus e a' dol a shearmonachadh ann an sgìre eile. Ged bha e air an rathad cha robh fhios aige ciod e an ceann-teagaisg a bha gu bhi aige. Ach bha bean bhochd a' dol air thoiseach air agus bha i a' bruidhinn rithe fhéin. Leis a' ghaineamh a bhi mìn cha chuala i an t-each a' tighinn agus chuala am ministear i ag ràdh: "Is sona na fhuair Thu." "Is cinnteach a bhean, gu'n d' fhuair thu fhéin e," arsa esan rithe. Cha dheanadh i so àicheadh. "Ciod e a nis uiread 'sa fhuair thu dheth?" dh' fharraid e. "Uiread," arsa ise, "'sa thug fuath do pheacadh agus gràdh dha Fhéin." Thug so bonn-teagaisg do Mhr Porteous.

Nì nach robh 'snach bì. Bha ceisdear ainmeil aig Mhr Porteous air an robh Domhnull Miseil mar ainm. Bha r'a linn criosduidh soilleir toilichte ann an Srath-Bhrura an Cataoibh air an robh mar ainm Rob Mac Mhorachaidh no Sutharlan.

Dioghluim

Chuala na fir iomradh air a' chéile, ach is ann mar so a thàinig iad gu eòlas pearsanta a chur an dara h-aon air an aon eile. Bha Domhnull a' dol gu òrduighean ann an Clin, agus faisg air Goillspidh chunnaic e duine 'na shuidhe ri taobh an rathaid. Thàinig a stigh air an duine a cheasnachadh, agus e fhéin 'na cheisdear co-dhiùbh. “Cuiridh mi toimbseachan ort a dhuine,” arsa esan: “An innis thu dhomh-sa rud nach 'eil, 'snach robh, 'snach bì.” “Innsidh,” arsa am fear eile: “Duine ann an teaghlach m' Athar (teaghlach a chreidimh) gun ath-bhreth.” “An tu Rob Mac Mhorachaidh?” “Is mi.” “An tu fhéin Domhnull Miseil?” “Is mi.”

Urnuigh gun sgur. Bha Alasdair Bhas 'na eildear cliùiteach anns an t-sean aimsir an sgìre na Tòiseachd, agus 'na cheisdear air taobh deas caol Inbhirnis. Bha e uair ag ceasnachadh tè ann an sgìre Chròidh agus chuir e a' cheisd rithe: “Am bi am peacadh a' cur eagail ort?” “Bithidh,” arsa ise: “Agus an uair a bhios, ciod a nì thu,” arsa esan. “Théid mi dh' ùrnuigh,” arsa ise. “Agus,” arsa esan, “an cuir thu sin mar dhìg eadar thu 'sam peacadh?” “Bu bhoichd an dìg e,” arsa ise. “An ruig am peacadh ort an déidh sin?”

Dioghluim

arsa esan. “Ruigidh.” “Agus ciod a nì thu réisd?” “Théid mi dh’ ùrnuigh.” “Ach an dean sin dìg dhuit?” “Cha dean.” “Agus ciod a nì thu an sin?” “Théid mi dh’ ùrnuigh.” Lean e oirre mar so seachd cuairt agus mu dheireadh thubhairt e. “Is e as coslaich, a bhean, gu’m feum thu reisd a bhi ag ùrnuigh gun sgur.” “Agus nach e sin, a dhuine, a tha air iarraidh oirbh féin, cho maith riumsa?”

Tigh ath-shlàinte nan creidmheach. Tha sluagh a’ Chruith-Fhir ann an staid nan gràs cosmhuil ri muinntir a bha aon uair ann an teasaich, ach a tha nis a’ dol am feòdhas. Agus ciod e a tha an t-Ard-Leigh ag òrduchduinn dhaibh? Eh, fhaic sibhse, tha e ag àithneadh dhaibh a bhi dol gu àite anns am faigh iad àile ghlan; agus c’ait am faigh iad sin? Eh, gheibh air beanntaibh a’ cho-chomuinn ris an Tighearna. Agus ciod e ni eile a bhios an Leigh so ag òrduchduinn dha shluagh anmhunn fhéin? Eh, tha e ag àithneadh dhaibh a bhi trom air bainne maith; agus c’ait am faigh iad bainne cosmhuil ri bainne fiorghlan an Fhocail? Agus ciod e tuille a tha an Leigh ag òrduchduinn airson slàinte na muinntir so? Eh, thoiribh fainear tha e ag comhairleachadh dhaibh a bhi

Dioghlaim

coiseachd; agus c'ait a bheil iad gu bhi ag imeachd? Tha iad gu bhi a' sìor ghluasad eadar am falamhachd fhéin agus an lànachd a tha ann an Crìosd.—*Dr Aird.*

Na meanbh-chuileagan. Tha caoraich Chrìosd cha'ne a mhàin air an gearradh le dris is droigheann an t-saoghail, ach tha iad air uairean air an sàruchadh leis na meanbh-chuileagan. Agus ciod iad na meanbh-chuileagan a tha cho draghail dha treud Chrìosd? Eh, thà na smuaintean diomhainn.—*Dr Aird.*

Còrd na slàinte—Sech. xx. 11. Is e bha anns an phrìosan so slochd, agus cha b'urrainn na prìosanaich a bhi faotainn as le bhi a' cladhach foidhe, ni mò b'urrainn iad a bhruachan a dhìreadh. Is ann bha feum aca air tobha no ròp a bhi air a leigeil sìos dha'n ionnsuidh. Ach dh' fheumadh an tobha no am ball so a bhi fada na's leòir agus làidir na's leòir, agus a bhi ann an làimh a bha neartmhor na's leòir. Nise ciod e an tobha no am ball a tha air a leigeil sìos 'dh' ionnsuidh nam prìosanach so? Eh, thà, fhaic sibhse, còrd na slàinte. Agus tha so fada na's leòir, oir ruigidh e iad ann an doimhne an truaighe. Tha e làidir

Dioghluim

na's leòir, oir is e tha ann còrd tri duail—gràdh taghaidh an Athar, gràdh saoraidh a' Mhic, agus gràdh naomhachaidh an Spioraid, agus cha bhris an còrd so. Tha e daingean na's leòir, oir tha e ann an làimh chumhachdaich Dhé. Ach tha nì eile a tha fìor mu'n tobha—tha lùb air a cheann, cha'n ann a mhàin chum is gun dean na prìosanaich greim air, ach, éh, thoiribh fainear, lùb a nì greim orra. Agus ciod an lùb a tha air còrd na slàinte? Eh, thà cùmhnant nan gràs air a leigeil sìos anns an t-soisgeul, oir tha e sgrìobhta: “Le fuil do *choimhcheangail* chuir mi mach do phrìosanaich as an t-slochd anns nach robh uisge sam bith.”
—*Dr Aird.*

Lùbadh na toile. Tha an toil nàdurra cosmhuil ri gàta iarruinn nach gabh lùbadh gus am bi e air a chur anns an teallaich. Agus ciod e an teine anns a bheil an toil air a garadh no air a teasachadh? Eh, thà ann an gràdh Chrìosd.
—*Dr Aird.*

Rut. Bha Orpah cosmhuil ris a' mholl a dh'fhalbhas leis a' ghaoith, ach 'se bha ann an Rut an cruithneachd glan; bheireadh i gniog¹ air a' ghuit.—*Dr Aird.*

¹ Cnac no fuaim.

Dioghluim

Ath-aithris na diadhachd. Bha Ioseph Macaoidh a' ceasnachadh ann am Port-Skerra air là àraidh, agus fhreagair a' neach a bha e a' ceasnachadh a h-uile ceist a chuireadh air cho fileanta agus cho pongail agus gu do shaoil an sluagh gu moladh Ioseph a' neach so air 'eòlas. Ach an àite do Ioseph, a bha fo amharus a thaobh a neach a fhreagair, sin a dheanamh 'sann a labhair e mar so: "Tha againne thall ann a' Gallthaobh aig an àm so," arsa' esan, "daoine ris an abrar luchd-tomhais fearainn, a dh' innseadh dhuit a h-uile h-òirleach fearainn a tha 'san t-sioramachd gidheadh cha bhuin aon òirleach dheth dhaibh féin. Thuig an luchd-éisdeachd."

Cronachadh an gràdh. Dha fear nach do thuig e fhéin doimhneachd a' Chùmhnaint, a bha ag gearain air cho fad fhas is a bha searmon a' nhinisteir bho theagasg a' Chùmhnaint thug ceistear ro ainmeil am freagradh mìn agus tomadach so: "Tha sinn a' leughadh," arsa esan, "anns an t-Soisgeul mu choinneamh de àrd-chomhthional eaglais Dé, air an robh Ceann na h-eaglais 'na Mhodaràdar, agus thainig teachdairean a dh' ionnsuidh an àrd-chomhthionail so, aon bhuidhionn dhiubh bho an eaglais air nèamh agus

Dioghlaim

am buidhionn eile bho an eaglais air thalamh. B'e a' phuing a bha an t-àrd-sheanadh a' rannsachadh, an Cùmhnant. Cha robh am buidhionn bho an eaglais air thalamh fad ag éisdneachd an uair bha iad air chall ann an diomhoireachd an rannsachaidh, ach uiread so co-dhiubh lean riutha gu'n do labhair iad m'a bhàs, a bha esan gu choimhlionadh ann an Ierusalem."

Leabhar beatha an Uain. Is e bha air iarraidh air là na ceist comharraidhean orrasan aig a bheil an ainmean sgrìobhta ann an leabhar beatha an Uain. Cha robh e furasda dha na daoine na comharraidhean so a thogail, agus cha robh iad deònach a bhi labhairt. An sin dh' iarradh air Seargant Ros á sgìre Roscuinidh éirigh agus labhairt ris a' cheist. Bha an seann saighdear air a chosan gun mhoille sam bith agus mar so labhair e:—"Tha mise dearbh-chinnteach gu bheil m'ainm-sa sgrìobhta ann an leabhraichean a' *War Office*. Cha'n fhaca mise na leabhraichean so, no m'ainm sgrìobhta annta, ach tha mi cho dearbh-chinnteach gu bheil m'ainm annta is ged do chunnaic mo shùil e, agus sin airson nan trì aobharan so. Fhuair mi mo *discharge* agus tha i agam; tha lotan air mo chorp a' dearbhadh gu'n

Dioghluim

do chathaich mi an aghaidh naimhdean na rioghachd; agus tha mi a' faighinn mo *pheansan* gu riaghaltach air a là. A cheart cho cinnteach tha mi gu bheil m'ainm agus ainmean uile shluagh Dhé ann an leabhar na beatha, oir chaidh an cur saor; tha iad a' giulan comharraidhean an chatha spioradail air an siubhal, agus tha iad a' faotainn gach là bho làimh fhialaidh Dhé cuibhrionn cho mòr de thròcairean araon am freasdal agus an gràs ionnan 'snach dean as-creideamh fhéin àicheadh gur iad so tiodhlacam mòra agus prìseil Dhé.

An Seann Saighdear. Tha e air aithris gu'n robh an t-Urr. Maighstir Cook a bha ann an Deimhidh a' ceasnachadh ann an teaghlach 'sa' choimhthional agus gu'n do thachair gu'n robh seann saighdear an làthair. Dh' fheòraich Mr Cook ceisd de'n t-saighdear. Fhreagair e nach b'urrainn e a freagairt. Dh' fheòraich Mr Cook ceisd eile dheth agus fhreagair an saighdear a rithisd nach b'urrainn e a freagairt. Thubhairt Mr Cook ris: "Am bi thu 'leughadh a' Bhiobuill?" Fhreagair e, "Cha bhi." Thubhairt e ris: "An do leugh thu riamh am Biobull?" Fhreagair e: "Bha mo mhàthair a' toirt orm a bhi 'ga leughadh gus an d'fhalbh mi o mo dhach-

Dioghluim

aidh 'nuair a bha mi ochd bliadhna deug a dh'aois. Aig an àm sin chaidh mi gus an t-saighdearachd agus cha do leugh mi am Biobull an deidh sin." Thubhairt Mr Cook ris: "Am bheil thu 'smuaineachadh gu'n d' fhuair thu buannachd air bith o na leugh thu de'n Bhiobull?" Fhreagair e: "Cha'n'eil mi 'saoilsinn gu'n d' fhuair." "An urrainn duit a radh gu'n do chum na leugh thu dheth thu o aon pheacadh a ghniomhachadh nach do chuir thu an gnìomh?" arsa Mr Cook. Bha an saighdear sàmhach car ùine agus an sin fhreagair e: "'S iomadh peacadh a ghléidh na leugh mi de'n Bhiobull mi gun a chur an gnìomh." Thubhairt Mr Cook ris: "Nach bochd nach do chum thu air a bhi 'ga leughadh? Oir ma thòisich an fhirinn air thusa chumail o'n pheacadh shaoradh i t'anam. Ach sguir thu 'ga leughadh. Tha fios agad nam biodh agad ri dol do bhaile Inbhirnis ged rachadh tu leth na slighe, nan stadadh tu an sin cha ruigeadh tu an t-àite sin gu bràth. 'S ann mar sin a tha e a thaobh thu a sgur de leughadh a' Bhiobuill; na'n do chum thu air a leughadh bheir-eadh e thu do na Flathanas. A dhuine, nach bochd gu'n do sguir thu dheth?"

Tha e air aithris gu'n do ghuil an saighdear.

S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,
Ar spionnadh e 's ar treis:
An aimsir carraid agus teinn,
Ar cobhair e ro dheas.
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,
Cha 'n aobhar eagail duinn:
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'
Am builsguin fairg^h'is tuinn.—*S. xlv. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'
Cha bhi ort geilt no sgàth;
No fòs fa chùis na saighde bhios
A' ruith air feadh an là:
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh
Tha triall an dorchadas:
No fòs fa chùis an uilc a bhios
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xci. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas
Na fuaim nan uisge garbh';
Is treise Dia na sumainnean,
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

“**N** UAIR a rinn a’ Roinn-Eorp’ bagairt a’ dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e ’na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d’ éirich iad mar aon duine a’ dhìon an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Rìgh agus ar tìr ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b’e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgáth. . . .

’N uair tha eud an t-saighdeir ’na theine le gràdh tìr’ is teach’, cha’n’eil crìochan aig dànachd a spioraid, agus cha’n’eil beart arma ris nach sìn e làmh. . . .

Is fìor rogha òigridh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Rìgh, agus cha’n’eil an coimeas an arm tìr air bith. Bu choir “Tìr nam beann ’s nan gleann,” bhi na “Tìr nan gaisgeach.” . . .

’S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chrìosd bhithear neo-sgàthach anns a’ chath. Bitheadh a Cheannard ’na chridhe agus cha bhi crìth ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho’n chòmhrag, oir tha beatha a’ Chrìosduidh teàruinnt agus tha ’bhuidh cinnteach. Roimh dha dhol ’s a’ chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri ’n dòghruinn anns a’ bhuidh, agus bithidh sonas bith-bhuan ’nan cridheachan agus aoibhneas siorruidh air an cinn ’n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar.”

Dr Ceanaideach

bha’n Inbhir pheofharan.







